

Gloir na slainte.

ORAN A CHREIDMHICH

AGUS DAIN SPIORADAIL EILE.

Siomadh J. McLeod, C.A.

National Library of Scotland



B000476988

جای



ORAN A CHREIDMHICH:

AIR,

INNLEACHD NA SLAINTE TROIMH CHRIOUSDA.

Presented to Rev,
Mr. W. Lennan
by Finlay C. J. M. Leod

ORAN A CHREIDMHICH;

AIR,

INNLEACHD NA SLAINTE TROIMH CHRIOSDA,

MAR AN DOIGH TROIMH BHEIL' AM BONN AIR BHEIL
DIA RI' TEARNADH PHEACACH, AGUS
GLOIR NA SLAINTE,

AGUS

DAIN SPIORADAIL EILE,

MAILLE RI' MINEACHADH AIR AN

UGHDARRAS 'SCRIOBTURAIL AIR SON AINM AGUS RIAGH-LADH NA H-EAGLAIS.

LEIS AN

URRA. FIONNLADH J. McLEOID, B.A.

"Tilg d' aran air na h-uisgeachan; oir gheibh thu e as deigh moran do laidhibh."—Ecc. xi. 1.

TORONTO:

AIR A CHLO-BHUALADH AIG AITE GLO-BHUALAIDH A "PHRESBYTERIAN,"
1877.



AN ROIMHRADHA.

Cha 'n eil ughdar na 'n rann a leanas ri deanamh coir air gibhtean bardachd. Ach bha e air a tharruing gu cur ri cheile na 'n rann, mu "Oran a Chreidmhich" le aire bhi air a tarruing a dhionnsuidh an Dain a leanas anns a Bheurla le e leughadh mu Mr. Rutherford a bhi deigheil air a seinn, 's gu h-araid an 6mh rann

1. My God, I have found the thrice blessed ground,
Where life, and where joy, and true comfort abound.
2. 'Tis found in the blood of Him who once stood
My refuge and safety, my surety with God.
3. He bore on the tree the sentence for me,
And now both the surety and sinner are free.
4. Accepted I am in the once offered Lamb;
It was God who Himself had devised the plan.
5. And though here below, 'mid sorrow and woe,
My place is in heaven with Jesus, I know.
6. And this I shall find, for such is His mind,
"He'll not be in glory, and leave me behind."
7. For soon He will come, and take me safe home,
And make me to sit with Himself on His throne.

Bha an 6mh rann so ritist air a toirt gu chuimhne le searmon air an aiseirigh (1 Peter i. 3). Agus air dha fantuinn air oidhche Sabaid, as deigh searmonachadh anns ad ait, aig tigh arait, dhfheoraich e do mhuinntir og an

tighe, a bha cleachdadadh seinn, an robh an dan ud aca ? Agus sheinn iad an dan. Thoisich e 'n sin air eadartheangachadh gu Gailic, ann an colabhairt ri bean an tighe—aig an robh a Ghailic, agus a bha gabhail tlachd ann a bhi labhairt mu nithean na diadhachd.

Smuainich e 'n sin rann a chur 's an tomhas 's an robh 'n rann 's a Bheurla, chum gu 'n seinneadh iad i air a son anns a Ghailic. Chaidh leodha cho maith 's gu 'n do thoisich e Diluain air a chuid eile chur an Gailic gus 'n robh 'n dan gu leir air a seinn anns a Ghailic air an fhonn air 'n do sheinneadh i 's a Bheurla.

Ach bha e doilich a bhrigh a chumail agus aig an am chendna chur an ceil anns an aon aireamh fhocal, no phairt do dh-fhocail, (*syllables*) 's a tha anns a Bheurla. Agus air dha bhi beachdachadh air a rithist smuainich e feuchainn ri brigh na dain (*Hymn*) a leanntninn gun a bhi ceangal na 'm briathran ri eadartheangachadh air a Bheurla mhain. Ach an sin smnainich e gabhail mar bhonn, no suim, do 'n dan so, an ni, bha air a ghabhail a steach 's n dan Bheurla, ach nach robh air a thoirt a mach, anns a chuile pairt, cho lan. 'S e sin gu 'n gabhadh e Innleachd na slainte anns an fharsuingeachd ; leis na teagasgan a tha na coicheangal, ann an ordugh reir an scrioptuir :—Ri toirt fanear gu h-araid staid chailte 'n duine ; mar tha e 'n sas aig an lagh naomh fuidh fhearg agus mallachd. Agus, air an laimh eile, toirt fanear gur e umhlachd, iobairt, agus fir-eantachd Chriosda mar Shlannighear an aon ghrunnd agus bonn air an tearn Dia peacaich. Mar so thainig an dan gu bhi air a cur ri cheile mar a tha i nise.

Tha mar an cendna air a thoirt fanear-obair an Athar a Mhic agus an Spiorad Naomh Tri Pearsa na Trionaid, na 'n caochladh obair air leth, ach, gidheadh, ann an coi-

cheangal agus mar Aon ann an obair na slainte—Agus, gloir na slainte. Dhoidhearpaicheadh air cumaillgu somhruichte anns an t-sealladh gur e obair agus fireantachd Chriosda mhain. an grunn air am bi peacaich air an tearnadh. Agus, mar an cendna, mar tha ceartas, naomhachd agus onair Dhe ri cosheasamh ri Dia a bhi tearnadh pheacach air bonn obair Chriosda agus an riarrachadh a thng Esan do na 'n lagh naomh a bhrist peacaich. Oir so a phuinc air am bheil moran ri tuisleachadh—agus eadhon ri gabhail oilbheum ri slighe Dhe—ann a bhi smuain—eachadh gu 'r coir iad a bhi air an tearnadh air doigh eigin eile—aon chuid air bhonn am fireantachd fein, no, air bhonn gradh agus trocair Dhe a mhain—Gun iad a bhi sealltuinn cho mor air fior naomhachd lagha Dhe no air mor fhulangas Chriosd a dfhuiling E chum an lagh a riarrachada an aite pheacach, 's a chum gu m bi iadsan a chreideas ann air an cur saor.

Cha robh snil an dan a bhi cho fad. Ach, le bhi cur rann an sud 's ann an so mar leudachadh no mineachadh air rannan eile 'n uair gheibheadh an t-ughdar cothrom smuaineachadh air, agus a bha e air inntinn, mar bha e air ais agus air aghaidh a measg choithionalan agus aon phuinc ri toirt puinc eile gu aire, dhfhas i cho fad. Uairean dheuch e deanamh goirid, ach 's ann rim e fad i. Chuir i caochladh uairean tim seachad goirid air, 's tha mi 'n dochas gu 'm faigh cuid eile taitneas ri beachdachadh air na firinnean a tha air an toirt fanear. Smuainich e le 'n cur an dan Gailic, le fonn, gu 'm fendadh tuilleadh aire bhi air a tarruing thuca, leis na Gaidhil. Thfhuair e tomhas an fhonn gle ghoirid airson rum thoirt do bhriatharan gu leor airson na puincean a thoirt a mach soilleir agus choisinn sin focalan a ghéarradh goirid. Tha mar an

cendna cuid de na roinn chaith a chur, as deigh laimh,
mar lendachadh air cuid eile 's nach robh uiread tim gu 'n
cur an ordugh.

Cha robh cinnt air so a chlobhualadh an toiseach ach,
bhrigh nach eil e furast a bhi dha sgriobhadh air fad do
mhuinntir a dhiarr, agus, an dochas gu 'm beannaich Dia
e, fhad 's a tha e reir fhirinn Fein, do shluagh, air an slighe
gu gloir, le bhi neartachadh an creideamh, agus gu tarrning
aire pheacach a dhionnsuidh slighe na slainte, chodhnin-
eadh sin a dheanamh. Tha e mar sin dha leigeadh air
aghairt gu Gaidhhil Chanada—cuid a chunnaic agus cuid
nach fac e anns an fheoil—an dochas gu 'm beannaich an
Tighearna dhoibh e, 'n nair bhios iad dha leughadh, agus
nach bi e comasach do 'n ughdar an ruighinn le guth.


F. J. McLEOID.




ORAN A CHREIDMHICH;

AIR,


SLAINTE DHE TROIMH CHRIOSDA.




1 O! fhuaire mis an grunnd, Air 'm bi mi nis' tear - uint,



An doigh troimh hheil am bonn, Air 'n seas mi saor g'sior - ruidh.



Mol-adh, sior-ruidh, 'sleat-sa'n on-air: 's leat 's mar an ceudn' a ghloir,



Gahh gn d'ghloir sinn—Moladh hinn Dhuit; Coel gloirmhor, Amen.
• Ath-bheoth-aich

2 'M bonn air bheil tearnadh
Do pheacaich chaill an coir.
Seasaidh mis air, sabhailt,
An lathair Dhe na gloir,

* The reader may, perhaps, prefer this expression.

- 3 'N doigh dhoibrich slainte
 Na 'm peacach bha fuidh 'n fheirg,
 Truaillidh thaobh an naduir,
 'S dha 'n saor bho chiont 's gach oillt.
- 4 'N grunnd (air) bheil Dia tearnadh,
 Na ghradh, na 'm peacach cailt;
 'S bidh iad air na lathair
 Nan naoimh air 'n deanamh ailt.
- 5 Air ghrunn s' tha sabhailt,
 A shluagh, 's chuir E orr failt,
 Seasamh air na lathair,
 Gun chiont no smal na 'm pairt.
- 6 'S cha bhi 'cunnairt doibh,
 Air ghrunn s' tha 'n cuisean ceart.
 Seasaидh iad air a chaoidh,
 Nan naoimh tha lan do neart.
- 7 'M bonns' rinn d' Dhia bhi ceart,
 'N uair dhfhireanaich gu leor,
 'N duin' andiadhaidh am pears',
 Bho' n' mhallaichd, grad, dha shaor.
- 8 Air ghrunn s' 'o na bhlas
 Agus cumhachd na h-uaigh—
 'O thruaigh ifrionn 's gach bas—
 Bi'dh lan tearnadh le buaidh.
-

- 9 Tha grunnd na slaint 'san Uan,
 Thug Dia na iobairt Uaidh,
 Rinn lan riachadh buan,
 Gn ceartas charadh nuadh.
- 10 Iobradh anam Ios',
 Le fhuil, agus umhlachd ;
 'N grunnd air 'n tearnar, le Dia,
 Na peacaich bhrist 'n cumhnant.
- 11 Trid fuli Iosa theid
 Na peacaich dheanamh reith;
 'S i fhuilsan, fuli na reit,
 Tha riachadh lagh Dhe.
- 12 'M fuli Ios' tha eífeachd,
 Ni peacaich glan is naomh
 'S a ni 'n coguis reiteach
 Gu seamh, ri Dia gach taobh.
- 13 Bha mis ann an daors',
 Fuidh fheirg Dhe 's mi mi-naomh ;
 Ach air ghrunnd s' gheibh mi saors'.
 Bho n' pheacadh 's uile ghaoid.
-
- 14 So dorus na trocair,
 Do theaghlaich, 's comunn Dhe ;
 Trid gheibh sinn do n' chrothainn,
 Fuidh bhuachailleachd Ios' Fein.

- 15 Slighe bheir gu gloir,
 Na peacaich a gheibh coir,
 'S a bheir gu Dia a ghloir,
 A bhuiteas Dha le coir.
- 16 Buinnidh Dhasan gloir,
 Airson gu 'n d'fhuair E'n doigh ;
 'S gloir 'n cruthaich', agus gloir
 Tearnadh pheacach troimh 'n doigh.
-
- 17 Ann 'n so tha seasamh
 Saors' pheacach 's onair Dhe ;
 An da chuids cosheasamh,
 'N obair Chriosd rinn grunn reit'.
- 18 Grunnd sith tha seasamh
 Eadar peacaich 's lagh Dhe ;
 Firinn 's trocair co-sheasamh
 Ge d'bhios Dia 's peacaich reith.
- 19 Bhrigh gu 'n d' bhasaich Criosd,
 'S gu'n d' rinn E 'n lagh a riar'
 Tha firinn naomhachd Dhia
 Co-riar' ri Dia bhi trocaireach.
- 20 Oir 'n gaol neochriochnach
 Thug Dia aon Mhac siorruidh,
 Gu lagh, bha brist, riarrach',
 Na iobairt bha ro naomh.

21 Seadh 's an Spiorad Naomh
 Thugadh seachad gu saor
 Gu aon sluagh ri' Iosa
 Le bhi co-chur na saors'.

22 'Si beath' Iosa Criosd,
 A leig E sios le fhuil,
 Ach chaidh aiseag gu fior,
 'Bheir beath, a pheacaich, dhuits'.

23 'Bheathasan bheir beo,
 'S bhi beo mar leanabh d' Dhia
 Le Spiorad bhi ri toirt
 Na h-ath bhreith oirn tha fior.

24 'Si fuil Ios' bha beo,
 Seadh beo le 'bheatha Fein,
 Bheir dhuinne nis bhi beo—
 Seadh beo Leis Fein air neamh.

25 Fireantachd Chriosd fein,
 A sheasas dhuinn mar dhion,
 Le 'r comhdachadh gu leir,
 'S troimh 'm faigh sinn beannachd Dhia.

26 Trid tha Dia ri doirt
 'Bheannachd oirn le aoidheachd ;
 Tobair abhainn 'n uisg' bheo
 Beatha struth as aoibhneach !

- 27 Grunnd beatha mhairionn,
 Cur solas thairis dhuinn ;
 Toirt do Dhia, 's do m'anams',
 An t-aoibhneas mhaireas, chaoidh.
- 28 Sasuchadh anam,
 Bheir an reamhrachd tha Ann—
 Subhachas tha mairionn,
 'S fior chomhfhurtachd nach gann.
-
- 29 'S maise pearsa Chriosd,
 'S an riarach' thug Dhia Naomh,
 Bheir do naoimh agus d' Dhia,
 Riarachadh siorruidh m'raon.
- 30 O's mor maise Chriosd',
 Seadh faraon air da dhoigh,
 Na obair, grunnd ar dion,
 'S na Phears' gu seasamh 'n gloir.
- 31 'S tha 'n so maise dhomhs',
 Nach ann do m' aigneans' mhain,
 Ach mar an ceudn' do m' Dhia,
 Gu 'n toir Ios' taitneas lan.
- 32 Tha Boidheach, Maiseach—
 Sealltan as ro thaitneach—
 Tlachd na naomh 's na 'n aingeal,
 'S aoibhneas Dhe bhi beachd Air !
-

- 33 Mar so tha dhomhs' dochas,
 Nach d'eid mó chur gu nair,
 Air son troimh 'n dorus trocair 's,
 Gu 'n d' iarr mi faotainn tear'nt.
- 34 Thainig Ios' thearnadh
 A leithid 'sa tha mis ;
 Peacaich do shliochd Adhamh ;
 Gu bhi' dha 'n aonadh Ris.
- 35 'S thainig le toil Athar,
 'S E an lan chordadh Ris,
 'S dhiarr Dia mise ghabhail
 Ri mhac is aonadh Ris.
- 36 Rinn Ios' toil Athar,
 Gu h-umhaill, reir na coir ;
 'S chriochnaich E, air thalamh,
 An obair slaint bha mor.
- 37 'S an sin ghabh Athair,
 Ri mhac, mar Shagairt dhomhs',
 'Gu bhi chaoi dh ri tagradh,
 Na lathair Fein, mo chuis.
- 38 'S air bhonn s' tha dhomhs' danachd,
 Gu amharc suas ri Dia
 'S a bhi g-iarruidh slainte
 Troimh aon mhac Iosa Criosc.
-

- 39 Ghiulain Ios, air chrann,
 An diteadh bh 'air mo cheanns';
 'Sge d' bha bhinn orms cho teann,
 Tha mi nis tearuint Anns'n !
- 40 Dhoirteadh fhuil bho thaobh,
 Le faobhar na sleagha ;
 Gu mis a dheanamh naomh
 Saor bho ghlaodh an lagha.
- 41 Bha mise mi-naomh,
 Truaillidh, graineil 's an daors';
 Ach air ghrunnd s' bidh mi saor,
 Bho fhearg Dhe, agus naomh.
-
- 42 Dheilbh thu Fein mo Dhia,
 Na d' ghliocas chaidh thar cainnt,
 An Innleachd s' bheir dhuinn dion,
 Saors 'o'r ciont agus slaint'.
- 43 O ! 's ann Leat Fein chaidh dheilbh,
 An gliocas nach gabh cainnt ;
 An innleachd s' bheir dhuinn seilbh
 Air oighreachd neamh nach searg—
- 44 Is innleachd Mhor I,
 Tha coimhliont, iongantach ;
 Iomlan agus gloirmhor,
 'S gu somhruicht miorbhuiileach.

- 45 Anns a chuile mir,
 Cha 'n eil mi tuigs na h-innleachd ;
 Ach do Spiorad Siorruidh
 Bheir riaghlaadh tuigs' na d' reachd.
- 46 Cha do ruig air m' eolas,
 'S cha 'n eil mi tuigs 'n ordugh
 Ach tuigs' air agus eolas,
 Bheir treor an spioraid domh.
- 47 'S i obair shomhruicht
 Na peacaich threorach, air
 Sligh na trocair, d'reir gach
 Ordugh tha 'm firinn Dhe.
- 48 Peacaich dhall a threoir—,
 An sligh' na taocair reith,
 Sin obair araid, d'reir
 Gach seol tha 'm firinn Dhe.
- 49 'S i obair, le coir,
 An sluagh tha saort' a threoir—,
 Mar tha an scriobtuir seol,
 Air, 'n slighe dhionnsuidh gloir.
- 50 Thu'irt Criod so ri chloinn,
 "Thig an Comhfhurtair Uams';
 Gabhaidh Easan do m' chuids'
 Agus nochdaidh E dhuibhs'."

- 51 Mar so tha reir an ordugh,
 An obair mhor na slaint,
 Tri Pears', g-obair comhladh,
 Nan aon, air leth, 's am pairt.
- 52 'Seadh, do reir an ordugh,
 Tha 'n t-Athair 's a Mac Graidh,
 'S an Spiorad, cochordadh,
 'N obair slaint clann nan gras.
- 53 Tha 'n Trionaid co-obair,
 Ann an Aon 's an co-choir,
 Chum na naoimh thoird dhachaidh,
 An tearuinteachd gu gloir.
- 54 Gabhs' anam iongnadh !
 Stad, smuain, 's beachdaich, miorbhuil !
 Gabh gu d'aignean, meudachd !
 Gradh, 's gliocas Dhe troimh Chriosd !
- 55 Cha 'n e mhain meud a ghraidh,
 Ach, a ghliocais mar an ceudn' ;
 'N doigh a fhuair E gu ghradh
 Do pheacaich, chur an ceil'
- 56 Iongnadh na'n aingeal !
 'San aoibhneas mar an ceudn',
 Tearuinteachd dhaoine caillta
 Seasamh gloir 's onair Dhe !

- 57 O ! 's I 'n Innleachd Mhor !
 'S coimhliont, iongantach 'n Seol !
 Orduil agus comhnurd ;
 Somhruicht, miorbhuiileach 'n Doigh !
- 58 Tha I d' rireamh Mor !
 Iongantach thar gach doigh !
 Cinnteach—oirdhearc—gloirmhor
 'S iomlan, coimhliont an seol.
- 59 'S i miorbhuiil 's ro mhor !
 Chuir Satan fein thar seol ;
 Oir, mhill i airs 'a dhoigh
 Gu daoine sgrios bho ghloir !
- 60 Dh-fhosguil dorus neamh
 Do bhraighean' Shatain fein ;
 Gu dol as' 'dhionnsuidh seamh,
 Bho 'n truaigh thug es. na'n deigh.
- 61 Slighe bheir gu gloir
 Na peacaich bheirear beo,
 'S le ceart gn Dia bheir gloir,
 Le moladh, moladh mor !
-
- 62 Troimh 'n Innleachd ghloirmhors',
 A Dheilbh na ghaol Iehobhah !
 Bheir ceartas Dha coir air,
 Na peacaich a chur saor.

- 63 Thug Iehobhah Criosc
 Na iobairt phaidh na feich
 Thug dō cheartas riarrach'
 'S a dhosguil dorus reit.
- 64 'S air a bhonns', tha Dia
 Ceart ann an deanamh reit'
 Ri peacaich, 'sgun am pian,
 Bhrigh gun d' phaidh Criosc an eiric.
- 65 'Se Criosda 'n t-Urras
 A ni 'm peacach a dhion
 'Se chnissan a thagras
 'S mar Urras phaidheas fhiach'n.
- 66 Dhearbh Ios 'am firinn
 E bhi na Urras dileas
 Dhion E gus a chrich sinn
 Gabhail air Fein ar dimeas.
- 67 Thug Dia dhuinn na ghradh
 Ios 'na Urras gle thrath
 'S bho bhinn ditidh gn brach
 Shaor Esan sinn le baigh.
- 68 'S bha mis ann an sas
 Aig an lagh gu ro sparrt
 Ach sheas Ios 'm 'ait agus
 Na ghradh thug mi mach tearnt.

- 69 Chuir an lagh teann Ris,
 Oir, bha m' fhiachans' ro mhor !
 Ach gheac Ios 'ann gu bas
 'S thug mis as sas le coir.
- 70 Thagair an lagh teann,
 Binn na saors 'nach faighinn,
 Mur tugadh Criosda Fein
 Bheatha 'n eiric m 'anam.
- 71 Phaidh E 'n sin, gu saor,
 Eiric saorsainn m'anam ;
 'Sle ceart, mar sin, fhuair saor
 M' Urras agus mis maraon.
- 72 Dh-fhuiling Iosa 'm bas,
 Ach, le bhas, thug gu brach,
 An gath sgrios as a bhas
 'S rinn do n' bhas, teachdair graidh.
- 73 Chaidh Ios' sios do n' uaigh
 'S luidh E innts' aireamh uair
 Ach le aiseirigh suas
 Bhrist E cumhachd bha cruaidh.
- 74 'S naomhaich Iosa 'n uaigh,
 Mar leabaidh fois do shluagh,
 'S an luidh an corp car uair,
 Gus 'n toir E Leis iad suas.

- 75 Mar sud thug Ios' buaidh
 'S chaidh E ris suas gu ghloir
 'S shuidh air a righ chathair
 Oir thug Athair Dha coir.
- 76 'S Tha Iosa seasamh
 Nis ann an cuirt na neamh
 'S E mo shlaint 's mo thearmunn
 Mar m' Urras 'n lathair Dhe.
- 77 'S ghabh Dia rium 's an Uan,
 Dhiobradh air chraoibh aon uair,
 Ghabh an t-Athair suas Uan,
 Ach dhaon mis Ris gu buan.
- 78 Oir an Spiorad Naomh,
 Thug Dia dhuinn seachad saor,
 Chochuir, troimh chreideamh, 'n t-saors'
 Agus dhaon mise Ris.
- 79 Agus mais' Pearsa Chriosd,
 'S an riar thug do Dhia Naomh,
 Bheir dhohmhs', agus, do m' Dhia,
 Riarach. siorruidh maraon.
- 80 'S ge d' tha mis fathast bhos,
 A measg truaigh agus bron,
 Tha ait dhomh eadhon nis
 Ear bheil Ios' ann an gloir.

- 81 'S air so gheibh mi aithn,
 Oir, 'se sin tha na run
 Nach fag E mis na dheigh
 'S E Fein an gloir air chrun.
- 82 Thig E gu h-aidhghearr
 'S bheir sabhailt mis dhachaidh,
 Toirt buadhach dhomh suidhe
 Leis Fein air a chathair.
-
- 83 'N sin bidh mi seachad
 Air saoghal na an deoir;
 Saor, saor, siorruidh dealaicht
 Bho gach truaigh thainig oirn.
- 84 Saor bho na pheacadh
 'S uime sin saor bho bhron
 Saor bho dhaors' 'n ascreideamh
 'S bho gach buaireadh troimh 'n fheoil.
- 85 Tinneas, doruinn, pian,
 Bochdainn, tart agus leon ;
 Naimhdeas olc, no michiall
 Cha dig siorruidh na m' choir.
- 86 Corp agus anam
 Bidh idh glan bho gach breot
 Fireantachd Chriosd agam
 Trusgan geal airson gloir.

- 87 Bidh fois ann gun phian
 'S cha bhi sion ann bheir bron
 Cha bhi oidhch ann 'se ghrian
 Solas breagh air gach doigh.
- 88 Cha 'n eagal dhomh tuilleadh
 Bho aon chunnaird troimh 'n fheoil ;
 No gu 'n caill mi 'n sealladh
 De m' Cheannard no de ghloir.
- 89 Sonus, do-labhairt,
 Tha 'n tigh m' Athars' air neamh
 'N comunn naoimh 's na'n aingeal
 'S bidh fhad ann 's le cheil.
- 90 'Scha bhi aon ann gun aithn'
 Air fonn ceart binn 's lan ceol
 Fonn tha cordadh. 's, cho, blast,
 Moladh Chriosd ann a ghloir.
- 91 Gun sgios air amhach
 No aon laigse troimh fheoil
 Moladh siorruidh mairidh
 Do 'n Trionaid Bheannaicht 'n gloir.
- 92 Ach feumaidh mi slad
 Oir ge d' labhruinn gle mhor
 Cha b-urrainn mi air fad
 Labhairt faisg air gu leor.

- 93 Tha 'n scriobtur 'g radh fior
 Nach fac suil 's nach cual cluas
 Meud na nithean ni Dia
 Air son oighreachd a shluaigh.
- 94 Chaidh seachad thairis
 Air eolas n' aingeal mor
 Co riamh fhuair lan aithn air
 No tuigs faisg air gu leor.
- 95 'S i siorruidheachd fhad
 Bheir tim beachd paitl gu leor
 Do na mhuinntir gheibh aithn
 Air cho paitl 's tha 'n stor.
-
- 96 Ach nis chopheacaich
 Caillt mar bha mis fuidh 'n fheirg
 Cluinn thus agus beachdaich
 Air slainte Dhe gun cheilg.
- 97 Faic stoirm na corruiich
 Tha teacht oirt 's tu fuidh 'n fheirg
 Duisg gluais 's na thrath beachdaich
 Mus brist i mach ro gharg.
- 98 Cluinn guth Dhe labhairt
 Na fhocal riut 's cho caomh
 Tabhairt dhuit na rabhainn
 Dh-fhencnch 'n tig thu nis gu thaobh.

- 99 Gabhs 'rabhadh an trath
 'S iarr 'n grunn air 'm bi thu tearnt
 Gabh an t-sligh an la na'n gras
 'S ruith 'n reis gu dachaidh aird.
- 100 Cuimhmich gu 'r E Dia
 An aghaidh 'n robh thn riamh
 E Fein thug seachad Criod
 Gu d' shaor bho thuiteam sios.
- 101 'S cuimhnich E bhi g-iarr'
 Gu 'n gabh thn nis ri Criod
 Le creidsinn Ann gu fior
 Mar shagairt Ard tigh Dhia.
- 102 Faic Ios' 'n t-Ard Shagairt,
 'S mar Uan Dhe 'sa chathair,
 Gu do chuis a thagradh,
 Ann an lathair Athar.
- 103 'Tha Ios 'dha d'iarruidh,
 Le ordugh na Trionaid,
 Gu d' shaoradh, 's gu siorruidh,
 Bho chumhachd an diabhuil.
- 104 Creid a reist an Ios'
 Mar Shlantuighear cho fiall
 'S gu 'n d' leig E·bheatha sios
 Gu thus thoir beo gu Dia.

- 105 'S cuimhnich gu'n do ghabh
 E do nadur Air Fein,
 'S gur fiosradh dha do laigs'
 Agus de ni dhuit feum.
- 106 Tha fhaireachdainn geur,
 Gu gabhail beachd air d' fheum,
 Tha E fiosrach gu leir;
 Agus dh-fhuiling E Fein.
- 107 Cuimhnich mar sin, dion,
 Cho tairis 'sa tha Criod,
 Mar Shagairt gu do dhion,
 Na Sheasamh 'n lathair Dhia.
- 108 Cofhaireachdain dion,
 Ri shluagh na'm buadhan, fior,
 Na'm buairighean 's na 'm pian—
 Tha fios air uil aig Ios'.
- 109 Bi thus' a reist glic
 'S gabh eadhon misneach bhig,
 Gu labhairt dheanamh Ris,
 Air gluinibh d'anam tric.
- 110 Thig gn cathair grais
 Le durachd 's tu ri gradh
 Ri Ios' do dheanamh slan
 Troimh iobairt Fein 's a ghradh.

- 111 Tagair ghealladh ard,
 Do pheacaich thig na lathair ;
 'S bi misneachail air sgath,
 Na rinn E Fein gu d' thearn.
- 112 Iarr Air eadhon laidir
 Gu 'n dean E Fein do thearn-
 Feudaidh tu bhi dan Air :
 'Se thlachd thu dheanamh spairn.
- 113 "Thigibh le danachd;"
 'Se sin tha 'n scriobtur' gradh.
 Ghabh E Fein do nadur,
 'S is aithne Dha do chas !
- 114 'S fiosrach Leis do laigs'
 Le d' chridhe cruaidh 's tu 'n sas.
 Is bidh E Fein oirt faisg
 Gu d' chabhair 's bheir dhuit gras.
- 115 'S thoir thus Dha do chuis
 Gu seasamh d'ait 's a chuirte
 'S cha 'n eagal nach bi thus
 Ri faighinn saor, 's le ceart.
- 116 Cha 'n fhailnich Ios' chionn,
 Gu 'r comasach E Fein,
 Bhi paidheadh suas na fiach'n,
 Tha 'd 'aghaidh aig lagh Dhe.

117 'S bheir, Ios' thu dhachaidh,
 Ma ghabhas tu ri fhailt
 A dhionnsuidh tigh Athar
 'S bheir comhdach dhuit bhior ailt.

118 Mar so tha nise reith
 Dhuit sligh gu parras Dhe
 O ! gabh i 's teich le deigh
 Gu ait dion le Criod 'air neamh.

119 Tha e nis soilleir
 Nach 'eil do lethsgeul mor
 Ma theid thu dhith 'n doilleir
 'S nach gabh thn 'n curs gu gloir.

120 Duisg, duisg, 'o d' shuain, luadh
 Faic d' chunnaird 's teich gu cruaidh,
 Gluais luadh 'sdean caphag, uaith
 Gu Ios' d' Fhear saoraidh shuas.

121 'S O, dhuine gabhsa
 Ri teachdaireachd a ghrais
 Mus bi thu caillt, fathast,
 'N uair ghlacar thn leis bhas.

122 Oh pheacaich! chaillt thruaigh
 'N lean thu caillt, siorruidh 'caillt
 'm bi thu nis le cridhe cruaidh
 Diult Criod 's E giarruidh failt.

- 123 Oh! teich, teich gn, grad,
 “Bho 'n fheirg a ta ri teachd.”
 Teich gu Dia, troimh Chriosd, 's faigh
 Gu bhaile dion a steach.
- 124 Teich, teich thusa grad,
 Mus tig a chorruich cas,
 Mar stoirm, is thu air fad,
 Gun aon dion gu dol as.
- 125 Teich a nis gu Iosa
 Fhads tha E oirt ri g' iarruidh
 Annsan gheibh thn dionadh
 'S bheir sonas dhuit g'siorruidh
- 126 Gabh ri Iosa luadh—
 Gabh ri theist 's creid na ghradh.
 Siñ tha Dia g' iarruidh uait
 Chum thn bhi beo gu brach.
- 127 'S E ni fasgadh dhuit
 An la na doininn mhor :
 'S cha 'n eagal dhuit gu 'n tuit
 'Nuair bhios aig Chriosd na uchd !
-

“S ESAN AR SITHNE”

- 1 Tha sith aig sluagh Dhe
Troimh chreideamh ann an Criod
Sin tha 'n scriobtur cur an ceil
'S tha cumhachd Dhe dha 'n dion.

- 2 Rinn Ios 'ceartas suas
'N uair dhoirt E fhuil mar Uan;
'S mar Ard shagairt a shluaign
'Seasaidh E 'n cuis gu buan.

- 3 Le fhireantachd Fein,
A chochur troimh chreideamh,
Dhullaich Ios shluagh gu leir
An lathair Dhe gu seasamh.

- 4 Naomhachd bidh dha 'n eid
Eudach fireantachd Chriosd,
Troimh chreideamh chochuir E,
'S leis 'n eideadhs' bidh iad breagh.

- 5 'N trusgan so cha reub
Cha chaith 'scha chaochail dath—
Trusgan geal le fhuil Fein
'S iomhaigh Chriosd Fein orr glan.

- 6 'S ro mhor sith sluagh Dhe,
 Tha comhduicht, ann an Criosc;
 Tearuint uile gu leir—
 Sith na reit ac ri Dia.
- 7 "Ne biodh oirbhs' eagal."
 Reir sin thuirt Criosc ri chloinn.
 "Sith tha mis ri fagail,
 Mo shithsa bheir mi dhuibh."
- 8 'S ann troimh Chriosda theid
 A shluagh a dheanamh reith;
 'Si fhuilsan "Fuil na reit,"
 Rinn sith ri Dia 's ri cheil.
- 9 'S E ar sith gn fior
 Oir 'n lagh cholion rinn E,
 Toirt dhuinn bhi reith ri Dia
 'S gu Siorruidh bann na reit.
- 10 'S E Prionns' na sith Criosc
 Dhean reit tha riarach Dhe
 'S, mar Phrionns', thug barrachd fior,
 Le mend an riar' rinn E.
- 11 Sluagh do-aireamh mor,
 'S iad mor na 'm peacaich bhreun,
 Rinin reith ris-an Dia Mhor
 Tha Naomh le Naomhachd Fein.

- 12 Seadh 's an aireamh mhor s'
 Bha lan naimhdeas gu leir
 Rinn araon reith ri Dia
 'S gu sior ri aon a cheil
- 13 'S tha i na sith mhor
 Bhrigh fad, mar mor an leud ;
 Cha bhi crioch air a coir
 'S i' n t-siorruidheachd a reis.
- 14 Sith na'n sith, 's tha fior,
 Seasamh thar grian na'an speur—
 Reit eadar naoimh is Dia
 Fad siorruidheachd na'n cein.
-
- 15 'Sith mhor aig sluagh Dhe
 A ghabh lan speis do Chriosd
 Sonus, uile gu leir,
 Tha le ghaol Fein dha 'n lion.
- 16 'S air a bhonn bi'dh reith
 A shluagh saort' agus Dia
 Anns gu bheil iad le cheil
 Beachd le tlachd air Pears' Chriosd.
- 17 'S E dealradh gloir Dhe,
 'S a mhac graidh 'bheil a thlachd ;
 Gloir 's gradh naoimh mar an ceudn
 Dearc eubhainn air a Mhais.
- 18 'S E Criosd tha ceangal,
 Am bann beannaicht gu brach
 Dia, naoimh āgus aingeal
 'N teaghlaich sheasas troimh ghradh.

OBAIR AGUS GLOIR CHROISD MAR FHEAR
SAORAIDH 'S MAR RIGH.

Tune, "O come let us sing," found in Sabbath School hymn books.

1 'N Tighearn' Iosa Criosd,
Aon Mhac Siorruidh Dhe na gloir,
Leig a bheatha sios,
Troimh Ghaol tha siorruidh beo,
Gu peacaich thoirt a nios
Bho 'n trnaigh bha riabh na'n toir
'S an saoradh 'san dion
'San toirt ri'st gu Dia 's gu ghloir.

Chorus—Moladh Siorruidh do na'n Uan
A cheannuich dhuinn an t-saorsuinn
Molaidh sinn E buan a ri'st
N uair theid sinn null air Iordan.

2 Bha iadsan ro chaillt,
'S iad air seacharan bho Dhia;
Satan air an dall
'S dha 'n treorachadh gu pian.
Oir mheall e iad le foill
Gu bhi naimhdeal do Dhia;
S bha iads' mar sin caillt
Fuidh 'n chorruich oillt 's iad gun dion.

3 Ach fhuilsan, "fuil na reit."

Chuir stad air a chorruich dhian,
 'S I grunn na sith air 'n deid
 Naimhdean treun thoirt gu rian;
 Anns an iobairt thng E
 Tha lagh Dhe uile riart,
 S trid fhola theid seamh
 Peacaich dheanamh reith ri Dia.

4 Reir toil an Athar,

Mar tha 's an rola sgriobhta,
 Thainig bho chathair
 Gu cosnadh na reite
 'S an cumhnant siorruidh daing'n
 Le fhuil naomha sheulaich—
 Thng E chorp 's anam,
 Le bheath', mar iobairt reitich.

5 Thug Ios' umhlachd bhreagh'

DhfhsqUIL dorus trocair dhuinn;
 Toil Athar cholion
 'S riaraich lagh na'n orduighean.
 'S a bhrigh gu'n d'bhasaich Criod'
 'S gu'n d'rinn E 'n lagh cholion
 Tha fior naomhachd Dhia
 Co-riart ri Dia bhi trocaireach.

6 Tha gloir naomhachd Dhe

'S onair daingean ann an Criod;
 Chionn, gach geall thug E
 Le fhocal fein a riamh

'S gach cumhnant chuir E 'n ceil
 Dha eaglais, Anns' cholion,
 'S iobairt mhor na reit'
 Rinn ceart do Dhia peacaich 'dhion.

7 'S trid gu 'n tug Mac Dhe
 Na iobairt reit a Phearsa
 Thug E lan riар-ach (adh)
 'S rinn Dia Dheth 'nt-Ard Shagairt
 'S tha E tagradh buadhach
 Saors' a shluagh bho bhagrath,
 Dean'mh cordadh siorruidh
 Eadar iadsan agus Athair.

8 'S ni E shluagh fein glan
 Bho gach neoghloin tha mi-naomh—
 Gach spot agus smal
 Thug am peacadh na'n taobh
 'S bidh iad somhruicht' am mais
 Le eifeachd fhola chraobh
 'S trusgan fada geal
 Orr de fhireantachd—'S iad naomh!

9 Mar so 's ann air ghrunn
 Na h-umhlachd ionlan thug Criosd,
 Le iobairt mar bhonn,
 Bhios peacaich saor bho phian
 'S mar shluagh Dhe an commun
 Faraon ri cheil' 's ri Dia
 'S naomhachd Dhe daingean
 'S firinn fhocail air a dion.

- 10 'S E grunnd sith, sheasas,
 Eadar na peacaich 's lagh Dhe;
 Firinn trid cosheasamh
 Ri trocair chur an ceil,
 An gradh Dhe, do pheacaich
 Bha naimhdeil annta fein—
 'S le shoisgeul beannaicht'
 Bhi dha 'n gairm dhachaidh gu neamh!
- 11 'S E bann a chumhnant
 Air 'm faigh sinn, cho caomh urail,
 Aon ri Dia duint' ann
 'M banntaichean chocheangail
 Tha ri seasamh daingean
 Air dhoigh 's nach eil eagal
 Failneach focal Dhe
 No geall thug E 's a bhiobul!
- 12 'S E 'm bann tha ceangal,
 Am posadh beannaicht gu brath,
 Dia, naoimh, 's aingeal
 Na ,n teaghlaigh sheasas troimh ghradh
 Air dhoigh 's nach eil eagal
 Gu'n deid sgaradh gu brath
 Le bas, beath, no aingeal,
 No creutar, orr' bho bhann a ghraidh !
-
- 13 Tha Ios Aon Mhac Dhia
 Maiseach thar gach aon eile
 'S a ghradh, do shluagh, dian,
 Lion, le mheud, an cridhe ;

'S le gradh Dhe troimh Chriosd'—
 Maiseach thar deich mile—
 Dh-aonadh shluagh gu dian
 Ri Dia's ri aon a cheile.

- 14 'S trid so mar an cendn'
 Bidh reit, ead'r Dia'sa shluagh, ceart;
 Dia'sa shluagh gu leir,
 Le tlacht, air Criosd' bhi beacht.
 'S E san "Dealradh gloir Dhe,"
 'S E "Fior iomhaigh a Phears" ,
 Gradh na naomh mar 'n ceudn'
 Beacht le miann (*or* gu leir, *or* le cheil') air Ios'
 na Mhais'!
- 15 "'S E so mo Mhac graidhs'"
 Labhair Dia le guth bho neamh ;
 "Ghradhaich mise sibhs'"
 Chuir Iosa fein an ceil ;
 "Am faca sibh mo ghradhs'"
 Thuirt eaglais si na dheigh ;
 "'S leamsa fear mo ghraidh
 'S sann le fear me ghraidh mi fein."
- 16 O ghloir'sa mhaiseachd
 Mar fhear saoraidh 's na phearsa—
 "Thar deich mil' maiseach,"
 "'S uile gu leir na ghradh."
 Tha E iomlan maiseach!
 Sealladh Dheth ro thaitneach—
 Tlachd na naomh sna'n aingeal
 'S aoibhneas Dhe bhi Airsan beachd !

- 17 Tha naoimh g-amh'rc le deigh,
 'S an suilean breagha gun bhreot,
 Air ghloir dhealrach fein
 Lasadh thar grein gun neoil ;
 Iad lan sonuis gu leir—
 Lionta le ghaol 's le ghloir—
 Dha mholadh le cheil
 Mar Uan Dhe thug iadsan beo.
- 18 O'n sealladh neamhaidh
 A th' air fhaicinn ann an gloir ;
 Ach ged' cho neamhaidh
 Cha dhall e suilean Phoil,
 Mar rinneadh 'n uair dhearc e
 Air 'n't-sealladh fhuair 'san fheoil;
 'N neamh seallaidh e seamh
 Air le suilean airson gloir.
-
- 19 Oh! 'S E ar slaint' Criosc !
 Tobair slainte na Phears' fein,
 Slaint againn bho Dhia
 Troimh Ios'—'s ar tighearn E,—
 Prionns ar slaint' mar Chriosda
 Dhean reit tha riar'chadh Dhe
 S am prionns' gu'r dionadh
 Le chumh'chd air talamh 's air neamh.
- 20 S tha E nis na Righ
 Os ceann gach righ a riaghlaadh,
 Le cumhachd gun chrich ;
 'S riaghlaidh E gu siorruidh.

Shaor E shluagh 's gach tir
 Bho naimhdean clann na diadhachd—
 'S is truagh iad uile nach bi
 'G-iarruidh bhi 'n sith ri Iosa !

- 21 Prionns' na 'm prionusa Criod',
 Oighre na cruidheachd gu leir;
 Dhung Athair E fior
 Na righ air Sion gu reith
 'S bidh shith mar Righ gun chrioch
 Gun namhaid dheanas beud;
 Iadsan uil' theid sios
 'S riaghlaidd Ios' an sith gu leir :

- 22 Toil Athar cholion
 'S riaghlaidd rioghachd reir toil Dhe,
 Fhireantachd gun chrioch
 'Sa shith gun chrioch do reir;
 Se dhainguich shith cho fior
 Ri Dia gu bheil E 'n reit,
 'S i toil Athar a mhiann
 'S uachdarachd bidh siorr' da reir.

- 23 Mar so tha Ios' Criod
 Fairfe mar Cheannard ar slaint':
 Gloir a phears' cho breagh,
 Le ghaol, lion clann a ghraidh:
 'S umhlachd 's fhulangas dian
 Riaraich an lagh 's gach pairt:
 'S O! thoilich E Dia
 Na Righ, na Shagairt's na Fhaith.

24 'S tha e iomchuidh 's fior
 Gu'n amhairec peacaich na thrath
 Air 'an Slanuighear, Criod
 Le creideamh Ann ,s gradh Dha
 'M feadh 's tha E 'n gradh, dha 'n iarruidh
 Gus 'n dion sgach cas 's bho n' bhas
 'S cumhachd aig ar dionadh
 Mar Righ mar Shagairt 's mar Fhaith! Amen.

UAIR MHILIS NA H-URNUIGH.

Tune, "Sweet Hour of Prayer."

1 Uair ro mhilis, Uair na h-urnuigh
 'N uair aig cathair grais a lub mi ;
 Gairm air Dia, 'n ainm Ios' mo thearnadh
 Agus m' anam air a shar'chadh—
 Eallach air de n' pheacadh ghranda
 'S galair dubh an dara bais ann—
 Truaighean ifrionn deanamh greim air
 'S mallachd lagh naomh Dhe cur oillt air!

- 2 Uair ro mhilis, uair na h-urnuigh
 'N uair aig cathair grais a lub mi,
 'Le mo choguis air a dusgadh,
 Gus na sheall mo pheacaidh dubh dhomh,
 'S nach burruinn mis ni b' fhaid 'n giulain
 Thuit mi, le 'n cuidream, air mo għluinean,
 'S ghlaodh mi ri Dia, chum, trid a għrais,
 Mo shaor, 'm fuil Chriod', bho chunnairt bais.
- 3 Uair mhilis, mhilis, na h-urnuigh
 'N uair aig cathair grais a lub mi,
 'S m' inntiun tinn 's mo spiorad leonta,
 Gairm air Dia, troimh Chriod mo chomhnadh,
 'S tric ort fhuair mi saor bho dhaors'
 'S bho bhuaireadh shatain fhuair mi saors'
 'S manam, ge d' bhiodh e bochd 's fuidh bħron,
 Air uair na h-urnuigh fhuair e lon.
- 4 Uair ro mhilis, uair na h-urnuigh
 'S mor an cothrom, cothrom urnuigh—
 Cur ar cuisean ann an ordugh
 Ann an lathair Dhe Iehobhah
- 5 'S le ordugh fein ri guidhe Ris',
 Do reir a għeallaidh fħirinnich,
 Gu 'm faigh sinn troċair agus gras
 An aim a Mhic a fhuair am bas.

6 O ! uair ro mhilis na h-urnuigh
 'N uair bhios m' anam * air a ghluinean
 Eadar gu 'm bi 'n corp ri lubadh
 No mo chlosaid air a dunadh
 No g-imeachd straid no'n comuñn sluaigh
 No m' sheasamh agus m' inntinn suas
 No 'n caphaig cunnairt tir no cuain
 Le guth mo bheil no mhain mo smuain.

7 Uair mhilis, mhilis, na h-urnuigh,
 'N uair bhios ar spiorad an durachd,
 Le comhnadh Spiorad Naomha Dhe—
 Le osnaich nach gabh cur an ceil—
 Cur iarrtuis suas gu cluas Iehobhah,
 Troimh chreideamh agus beodhochas,
 Gu 'n cuir E freagairt grais a nuas
 Reir thocail onaraich do shluagh.

* Thoir fanear, 's e ni araid ann an urnuigh ris am bheil cluas Dhe fosgait, an t-anam a bhi 'n sas ri g-iarruidh, le durachd an Spioraid, eadardhealaichte bho ge be suidheachadh anns am feud, an corp a bhi. Agus tha sin eadhon ge d' tha suidhichidhean arait 'nis freagarraiche mar a tha air a theagasc le focal an Tighearna fein; Mar SHEAS clann Israel 'n uair bha Solomh ri g-urnuigh aig coisrigeadh an teampuill, Agus chleachd Solomh da shuidheachadh ri g-urnuigh aig an am sin. An toiseach SHEAS e agus "sgaoil e mach a lamhan gu neamh," agus a rithist lub e a ghluinean's a "lamhan sgaoilte dhionn-suidh na'n neamh," agus aghaidh an t-sluagh air, Faic 1 Righ viii; 14; xxii. 54; agus 2nd Eachd vi. 3, 12, 13. Faic mar an ceudna airson caochladh suuidhichidhean ann an urnuigh, Eesodus ix. 33-1 Righ xviii. 42; 2 Righ xix. 14, 15; xx. 2: Ps. cxxx.; Dan. v. 10; Iouah ii. 1; Eoin xvii. 1; Gniomh. xx. 36; Rom. viii. 26.

- 8 Uair ro mhilis, uair na h-urnuigh
 Air 'n eirich suas mar thuis chubhruidh
 Urnuigh a shluaigh 's troimh 'n tuiseir oir
 An deid i 'n lathair Dhe an gloir
 Le Croisd ar Sagairt Ailt tha shuas,
 Gu cur an ordugh cuis a shluaigh ;
 'N sin gabhaidh Dia ri ann an gradh
 'S bheir comhnadh dhoibh bho la gu la.
- 9 Uair ro mhilis, uair na h-urnuigh
 Ni do sgiathan m' iarrtuis ghiulain
 Suas gu luadh gu cluasan mo Dhe,
 Tha firinneach 's a gheall le bheul,
 Gu 'm beannuich E gu mor a neach
 A dh'fheitheas Air do reir a reachd—
 O! m' anam feiths' le dochas ceart
 'S do shuil Air dian airson do neart.
- 10 Uair mhilis, mhilis na h-urnuigh
 Rinn do sgiathan m' iarrtuis ghiulain,
 Dhionnsiudh an Ti tha firinneach,
 'S a gheall E fein gu h-onarach
 An t-anam bochd a bheannachadh
 A dh-fheitheas Air do reir a lagh—
 'S O! feithidh mis Air 's gheibh mi neart
 Bho la gu la troimh dhochas ceart.
- 11 Uair mhilis, mhilis na h-urnuigh
 Ghairm mis tric bho shaogh'l a churam,
 'S a thug urachadh do m' anam,
 Chionn na'n saorsainnean bhiodh agam

Ann an comunn* caomh ri Iosa,
 M' aon Fhearsaoruidh ungt', 'S E Criosda—
 'S mar m' Ard-Shagairt anns a chathair,
 'S E mo Charaid 'n lathair Athair.

- 12 Uair ro mhilis, uair na h-urnuigh
 Chionn a chomuinn tha ro chubhraiddh;
 Ann an comunn ri m' Fhear Saoraidh
 'S ann na ainm troimh 'n Spiorad Naomha
 Dhaom mi mach mo ruintean 'n lathair,
 Dhe Iehobhah g-iarruidh grais Air
 Reir mar dhorduich 'n Tighearna fein
 A shluagh bhi g-iarruidh Air na'm feum.
- 13 Uair mhilis, mhilis na h-urnuigh,
 Chionn a chomuinn tha ro clubhraiddh;
 Ann an comunn ri m' Fhear saoruidh,
 'S an cofhaireachduinn ri dhaoine
 'S ceangailt riu troimh n' Spiorad Naomha
 'S le gradh Chriosd a lion le ghaol iad,
 Mar aon de chloinn 's de theaghlaich Dhe
 'S mo shuil ri m' Athair ann an neamh.
- 14 O! uair ro mhilis na h-urnuigh,
 Gu 'm faigh mise dhe do dhruchdainn
 Gus bho mhullach ard beinn Phisgah
 'M faic mi dachaidh neamh, 's le gloir Dha,

* Caomh no saor no gaoil no naomh no graidh. Tha aon sam bidh de na focail sin freagarrach reir mar a roghnuicheas am fear leughaidh beachdachadh.

'N glaodh mi, g-eiridh, saor bho 'n fheoil,
 Dol suas do 'n ait bheil Criod an gloir,
 'S lan leat tuilleadh, le mo dhurachd,
 Uair ro mhilis uair na h-urnuigh !

- 15 'N sin uair ro mhilis na h-urnuigh,
 Cha bhi mis air neamh dha d' iunndrainn
 Bha thu ro fheumail, air mo thuras,
 Deanamh dhomh na sligh 'ni b' fhurast ;
 Ach 'n comunn Chriod 's a shluagh air neamh
 Cha bhrist a bhuaidh 's cha 'n eagal namh—
 'N uair theid mi dhachaидh dhionnsuidh gloir
 'S a gheibh mi 'n crun bho Chriod le coir !

- 16 Uair mhilis, mhilis na h-urnuigh
 Tha air talamh priseil urail
 Toirt do na chreidmheach comhnadh seamh
 O ! cha bhi feum oirt ann an neamh
 Chionn cha bhi tuilleadh cunnairt dhoibh
 Oir tha iad faisg air Criod a chaoidh
 'S mar naoimh tha iad bho pheacadh gian
 Ri moladh Chriod 's an comhdach geal.

- 17 O cha bhi feun oir 's pait an lon
 'Us cha 'n eil namhaid ann no bron—
 Chaidh iadsan uil air chall 's a cheo
 'S cha 'n fhaigh iad tuilleadh saor bho 'n sgleo :
 Chaidh iadsan ruag' do dhifrionn sios
 'S cha 'n fhaigh iad tuilleadh as a nios,
 'S an aghaidh namhaid cha bhi feum,
 Mar sin, aig naoimh bhi faire dhein.

- 18 Ann an neamh bidh saors bho chunnairt
 Ann an neamh bi'dh saors bho mhulad ;
 'N lathair Dhe cha 'n eagal tuilleadh
 Gur'n teid aon de chloinn a mhilleadh.
 Tha iads' aig fois fuidh thearmunn naomh
 'S iad sona seamh an comunn caomh,
 U's cha bhi feum air urnuigh leo
 Ach moladh Dhe 's an Uain tha beo.
- 19 O ! cha bhi feum air urnuigh leo ;
 Chaidh 'n urnuigh cisdeachd nis gu leor,
 Oir tha gach aon air fad diubh sabhailt
 'S cha bhi feum aon eigheach tearn iad—
 Tha Israel Dhe gu leir na 'n coir,
 Oir fhuair gach aon diubh tear'nt gu gloir,
 'S an comunn Dhe 's a shluaignh tha naomh
 Bi'dh iadsan sona, snamh na ghaol !
- 20 Seadh 's an Spiorad Naomha fos
 Chrionuich obair air thalamh bhos—
 Sguir E dhiarruidh air peacaich thruagh
 Bhi guidh air Dia 'n toirt Thuige suas—
 Tha sluagh saort Dhe nis uile 'n gloir
 Ri faicinn Chriosda* 's iad na choir ;
 'Us cha 'n eil feum E chomhnadh leo,
 Le osnaich gheur 's an urnuigh bheo

* 'S a chionn gu bheil iad ri faicinn Chriosda na ghloir cha 'n eil feum an Spiorad a bhi gabhail do nithean Chriosda gus an nochdach dhoibh mar tha E deanamh do shluagh air an talamh.

21 'S fadheoidh thug Iosa Criosda fein
 Gu crich a thagradh ann an neamh .
 Airson na 'm peacach chaillte thruagh
 'N uair shaoradh Leis gach aon de shluagh—
 'S an sin chaidh crioch air la na 'n gras
 'S an saoghal, ullaicht, chaidh na smal,
 'S thug Criosd a naoimh 's an rioghachd suas
 Do 'n Athair ghloirmhor thug Dha a bhuaidh
 Amen.

MOL DIA.

Praise God from whom all blessings flow, &c.

Mol Dia, tha doirt gach beannachd oirn ;
 Molaibhs' E bhos gach creutar beo ;
 Molaibhs' E shuas a shloigh air neamh ;
 Mol 'n t-Athair, a Mac 's an Spiorad Naomh.

ARD UACHDARNACHD CHRIOSD.

To the measure of the hymn, "Go, Work in My Vineyard."

1

Tha grianan na cruthaidheachd tha seasamh 's iad
steidh'cht

'S na reultan gu leir tha reis mu 'n cuairt diubh,
'S na saoghail 's na gealaich, 'n cocheangail gach grein
'S gach creutar le beatha, beag, mor, tha gluasad.
Fuidh Iosa bho Nasaret, Aonghin Mhic Dhe,
'S le ordugh a Dhe, le deigh, a thog suas E,
Gu riaghladh thairis orr uile gu leir,
Seadh ar slannighear fein 'S E an t-Uachdaran!

Chorus—'S ro ghloirmhor, gloirmhor, gloirmhor tha Ios'
Mar Chriosd Aon Ungte Dhe—
'Aon Ungte Dhe, mar Uan, 's mar Righ
'S air ardrach', ro ard, air neamhl !

2

'S E Righ nan ainglean tha naomh 's am buidhnean
fa seach

Agus eaglais a ghaoiltha air neamh mu'n cuairt Dheth—
De na mhuinntir tha glan bho gach spot agus smal
'S troimh fhireantachd fcin a bha buadhach:

Le eaglais air thalamh dhe na mhuinntir a dh-fheitheas
 Reir fhocail, air an Athair, mar a chual iad,
 'S troimh chumhachd a ghraidh annt a shiubhlas na
 dheidh
 'S iad suidhicht', le deigh, mar a dh-aithn E, bhi gluasad.

3

'S gach rioghachd air thalamh 'us iompairreachd fhar-
 suing—
 Gach Righ agus ceannard le 'n sluagh dhe gach
 cainnt;
 Eadar gur namhaid no caraid na'n cleachduidh'n,
 No uasal no iosal—bochd, beartach—tha annt.
 'S gach creutar eile ni anail a tharruing—
 Seadh iasgan na mara 's gach biasd tha snamh ann
 'S gach beath'ch 's an athar, 's an gleannaibh no'r
 beannaibh,
 'S na beathaichean beag air nach dearc suil an ceann.

4

'S na diakhuil tha screadail, an ifrionn na deataich,
 An dorchadas glaisde 's iad dealaicht bho Dhia,
 'S gach aon riutha leanas de n' mhuinntir a pheacaich
 'S a mhaircas an ceannaire fuidh n' mhallachd gu'n
 dion;
 'S an ceannard a lean iad—an diabhul bha gleacadh
 An aghaidh a theachdsan le ceannaire a riamh—
 'S e g-iarruidh a bhacadh bho pheacaich a thearnadh—
 Bi 'dh csan 's na lean e fuidh chasan aig Criod.

'S O ! chreidmhich gabhs beachd do na ni th' air alabhairt
 'Smuainich, le tlachd, air cho tearuint 's a dh-fhagadh
 Slainte na 'm peacach a thearnar bho 'n talamh
 'N uair thug Dia dhoibh an Ti so gu 'n tearnadh—
 Aon Mhac tha maiseach 's a rinn E cho neartmhòr,
 Le cumh'chd cho gaisgeil bhi seasamh cho laidir ;
 Mar Righ 's a chathair le ughdarras thairis
 Air naimhdean foilleil " luchd mealtuinn " na slainte.

Biodh so dhuits a chreidmhich gu deireadh do churs,
 'N a mhisneachd gu seasamh na ainmsan gu treun,
 Gur E 'n Ti so tha agad gu seasamh do chuis
 Air neamh 's air talamh 's E buadhach gu leir ;
 Tha na cumhachdans' aig 'S E mar Shluanuighear dhuits,
 'S mar Fhearr saoraidh deasaicht le fhuil ni thu reith.
 Oh ! dearc Air le d' shuil 's bi dha leantuinn glc dhludh
 Gus an criochnuich do churs troimh chreideamh air
 neamh !

Cluinn thus a dhuine, air an d-thainig an tuiteam,
 An sgeul tha air aithris am firinn an t-soisgeil,
 Gu 'r E Ios' bha iosal na d' nadur mar dhuine
 Tha riaghlaadh le cumh'chd dol thairis air sgeoil.
 'S oh ! thalamh tha g-osnuich deansa nis aoibhneas
 Ge d' luidh tha cho fad fuidh n' mhallaichd bha grad,
 Thoir aire do n' sgeil tha uile Jan caoimhneis,
 'S e sin gur E Ios' tha riaghlaadh gu h-ard.—agus Amen.

CARRAIG NA'N AL!

Rock of Ages.

Carraig na'n Al! sgor dhomh fein,
 Leig dhomhs' m-fholach fuidh do sgeith!
 Biodh an t-uisg agus an fhuil,
 Bho do thaobh bh' air lot bha ruith,
 Do m' pheacadhs' na iocshlaint dhub'l't
 Dean mis' glan bho a chiont 's bho chum'chd.

Cha 'n i saothair chruaidh mo lamhs'
 A ni suas do laghsa lan—
 Ge d' nach b' aithne stad do m' eud—
 Ge d' bhiodh ruith gu siorr mo dheur,
 Airson peacaidh chaoidh cha phaidh
 'S E bheir saor mi Thusa mhain.

Cha 'n cil mi toirt ni na m' laimh,
 Ach do d' chranus' ri gabhail greim;
 Lomnochd thig mi airson deis;
 Truaillidh, teich gus 'n fhuardan Leats,
 Lag, ri sealtruinn airson grais—
 Nigh mi, ics, no gheibh mi bas.

'N trath bhios m' anail sios is suas,
 'N uair dhuin mo rosg 's theid mi do'n uaigh
 'N uair theid mi do'n t-saoghal ri teachd,
 'S a chi mi Thu air d' chathair gu ceart.
 Mar mo Charruig, troimh gach Al,
 Bidheams' foluicht fuidh do sgail !

no

Charruig na'n Al! mo dhion fein
 Bidheams' foluicht fuidh do sgeith.

EAGLAIS NA SEANAIREACHD—CO I AN EAGLAIS SO ?

Ann a bhi freagradh na ceist so feudaidh sinn ceist eile fheorachd, se sin, Ciod i an eaglais ris an abair muinn-tir an Eaglais Phresbitirianach? No ciod am bonn air an d' fhuair i'n t-ainm so? Ann a bhi labhairt air a phuinc so ri cuid de bhuill na h-eaglais so fein, fhuair mi tuigs' air nach cil eadhon iadsan, an cum-antas, cho maith ri buill eaglaisean eile, ri toirt fanear, ciod bho na dheirich e gu bheil an t-ainm so air a thoirt do 'n caglais. Ach cha 'n eil sin cho iongantach, oir, tha e cleachdta do na h-uile seorsa sluaigh a bhi cleachdadadh focail mar a chluinn cas iad agus mar a thig iad gus a bhi dha 'n tuigsinn. Agus tha sin gu tric gun a bhi rannsachadh ciod bho na dheirich am facal, no, cionnus a thainig e gu bhi mar sin air a chleachdadadh. Air an aobharsa feudaidh e bhi feumail, airson ncarrachadh creideamh le eolas na firinn, aire muinn-tir a tharruing gu ciall an fhocail so, agus mar a tha e air a chleachdadadh mar ainm, do 'n eaglais.

Chum na cricche so bheir sinn fanear mar fhreagairt do na cheist a tha roimh gur i'n Eaglais Phresbitirianach an eaglais sin a thaobh riaghlaidh a tha cleachdadadh Seiseon agus Cleir, agus Seanadh, agus Ard Chuirte. Agus a thaobh tengasg a tha chuid mhor dhiuh ri leantuinn "Leabhar Aidmheil a chreidimh," mar a bha e air a

tharruing agus air a sgriobhadh agus air cordadh air le Ard Chruinneachadh Westminster.

Ann an so feudaidh e bhi feumail aire muinntir a tharruing guait agus coir riaghluidh gach cuirt air leth an riaghlaidh na h-eaglais. Se sin gu bheil an Seiseon air a dheanamh suas do na mhinisteir agus aireamh fhreagarrach de dh-eillteirean anns a choithional gu bhi riaghlaidh gnodhuichead a choithional, agus gu h-arait na gnothuichead spioradail. A thuileadh air a so tha cuirt eile de luch dreuchd, airson gnodhuichead timeal a choithionail, de Dheaconan no "managers" no "trustees." Tha rist a Chleir air a deanamh suas de na mhinisteir agus aon eillteir bho na h uilc coithional agus riaghlaidh aice thairis air aireamh araid de choithionalan a reir mar a bhitheas iad goireasach da cheile. Tha an Seanadh mar an ceudna os ceann aireamh arait de Chlcirean a reir mar a bhithcas iadsan goireasach da cheile airson cruinneachadh an t-seanaidh. Tha an sin an Ard Chuirt os ceann na h-eaglais gu leir no na bhitheas ri leantuinn ri cheile dhith an aon duthaich.

Agus cuisean nach gabh cur air doigh aig aon sam bith dhe na cuirtean is isle, feumaidh iad a bhi air an toirt air an aghaidh troimh na cuirtean is airde gu s am bi iad air an cur an ordugh no air an tilgeadh a mach.

Mar so trid na h-Ard Chuirt tha aonadh air a chumail suas dhe na'n eaglais gu leir. Agus tha mar an ceudna nis mo do rum air ceartas fhaotuinn ann an gnodhuiheadh an uair a dh-fhcudar a thogail bho Shcisean gu

Cleir agus bho Chleir gu Seanadh agus bho Shcanadh gus na h-Ard Chuirt. Agus sin do bhrigh gu'm feud buill a bhi anns na curtean is isle a bhios nis measgaichte gu pearsanta ann na radhad eigin air dhoigh's gu 'm feud 'cuid de chlaon-bhaigh no leth-bhreith a bhi ann, air dhoigh's gu 'm bi e feumail a thoirt gu cuirt nis airde anns am bi nis mo agus sin de mhuinnitir nach bi cho measgaichte no cho comhpairteach anns a ghnodhuich agus uime sin nis iomchuidh agus nis ullamh gu breith a thoirt air a chuis a reir a brigh no h-airidheachd. Ann an so feudaidh neach eigin a radha gu'n saoilte gu 'm bidheadh sin air a dheanamh codhiubh ann an cuirt s am bidh dhe 'n eaglais, se sin brcith a thoirt gun chlaon-bhaigh agus a reir airidheachd cuis? Se sin gun teagamh ris am bi suil agus a dhionnsuidh am bi muinntir ri g-iarruidh, agus a tha sinn ri creidsinn a tha 'n cumantas air a dheanamh; ach tha e soillir gu 'm bi nis mo do rum air breitheanas nis ro ghloine 'n uair a bhios cothrom air cuis a thogail gu cuirt nis airde agus nis farsuing. Agus feudaidh sin a bhi do bhrigh agus gu 'm feud nis mo de dh-eolas air an ni a bhi air fheutainn am measg buill na cuirt is airde agus is farsuing no am measg buill na cuirt is lugha, cho maith agus gu'm feud nis mo de bhuntainn a bhi aig cuid de na buill ris a chuis gu pearsonta. Agus gu 'm bheil uiread de chairdeas aig na h-uile de chloinn na'n daoine tha 'n taobhsa ghloir ris an Adhamh ud a bha aon uair ann. an Garadh Edein agus a chaidh anns a chompanachas chronail ud ri Eubha agus ris an nathair. Agus "Ann an lionmhoireachd

comhairle tha gliocas." Feudaidh e bhi gu 'm bi cumliachd na h-Ard Chuirt air uairean aig an t-Seanadh mur bi an eaglais farsuing no lionmhор gu leor air son gu'n iarr i Ard-Chuirt.

Do thaobh buill na'n cuirtean air leth feudaidh sinn cuimhneachadh air gu bheil a Chleir, an Seanadh agus an Ard Chuirt air an deanamh suas de'n aon aireamh de dh-eillteirean agus de mhinisteirean. Marsotha cocheart-as air a thoirt do 'n luchd teagaisg agus do na buill uile. Tha buill na'n coithionalan ri taghadh na'n eillteirean agus tha'n Seiseon ri taghadh aon eillteir dhe'n aireamh gu bhi na bhall de na Chleir maille ris a mhinisteir. Agus tha Chleir ri taghadh buill na h-Ard Chuirt as measg buill na cleir, uircad agus uiread de na ministeirean agus de na h-eillteirean. Oir bhiodh e cus agus ro chosguil buill nan Cleirean a dhol gu leir a dhionnsuidh na h-Assemblidh no'n Ard Chuirt. Ach thà buill na Clcir gu leir na'm buill de na'n t-Scanadh a chionn gu bheil iad na'm buill dc na Chleir. Se sin cha'n cil taghadh air leth air buill na Cleir chum gn'm bi iad na'm buill de'n t-Seanadh mar a tha chum gu'm bi iad na'm buill de nan Ard Chuirt. Gidheadh tha iad uile cho maith iomchuidh leis an lagh airson a bhi na'm buill de na'n Ard Chuirt. Ach a chionn nach eil e freagarrach gu'm bi na h-uiread air an cur no ri dol a shuidhe mar bhuill gu gnodhùich a dheanamh 's an Ard Chuirt, tha taghadh air a dheanamh gach bliadhna leis na Cleirean air an aireamh a bhios air an cur. Agus tha an fear (Moderator) a tha air ceann coinneamhan na h-Ard Chuirt, gu bhi cumail ordugh air a choin-

neamh, air a thaghadh uair 's a bhliadhna le a cho bhuill 's na Cleirean.

Nise 's ann air bhonn an doigh riaghlaidh so gu somhruichte a tha i air a gairm mar Eaglais Phresbitirianach. Agus na h-uile h-eaglais a tha reir so air a riaghlaidh is eaglais Phresbitirianach a tha ann. Agus tha sin mar sin ge d a dh-fheudas ainm eile bhi orra mar phairt air leth de'n eaglais. Mar so tha 'n Eaglais Shaor 's na Cleirich Aonaichte (U. P.) agus an t-Seann Eaglais 's na Cumhnantaichean (Covenanters) agus Seceders ann an Alba Agus 's na Staitean ach is Presbitirianaich iad uile. Dhealaich cuid aca ri Seann Eaglais na h-Alba air son *Patronage* is gnodh-uicheadh eilc a thainig a steach do'n eaglais sin's, a chuid mhór, trid a coicheangal ris an Uuacl-daranachd shiobhalta. Gidheadh ann an dealachadh 's ann a bha iad ri g-aideachadh a bhi g-iarruidh an eaglais Phresbitirianaich a leanntuinn ni bu ghloinc na bha iad ri smuaineachadh a bha 'n t-Seann Eaglais a nis ri deanamh bho thainig na nithcan so a steach innse. Tha e fior gu bheil iad ri gabhail ainmean air leth. Ach 's ann mar phairtighean air leth dhe 'n caglais Phresbitirianaich a tha iad ri gabhail na'n ainmean sin. Air an doigh so bidhidh ainmean air leth air a thoirt do mhuinntir aon duthcha agus cuid diubhl ri g-aideachadh a bhi na'm muinntir na duthcha sin ni bu dileas na mhuinntir eilc. Agus gheibhear so an eaglaisean eilc mar an ceudna, mar a tha 'n Eaglais Easbuigeach dhe am bheil an Eaglais Shasunnach agus an Eaglais Phapanach agus na Doighcannaich Eas-

buigeach (Methodist Episcopal), agus na h-Easbuigich Athleasaichte (Reformed Episcopals) Agus tha rist Eaglais na'n Doigheannach (Methodist Church) agus an Eaglais Bhaisteach na 'n caochladh Eaglaisean air leth air bhonn puincean arait air an do dhcalaidh iad nach leig sinn a leas a bhi g-ainmeachadh an so. Ach gidheadh tha gach seorsa Doigheannaich ri g-aideachadh a bhi 'na Dhoigheannach agus, Bhaisteach na'm Baistich.

Air a bhonn so chuir e iongantas oim a bhi cluinntinn cuid bho Alba de mhuinnitir na h-Eaglais Shaoir ri labhairt air na Presbitirianaich Aonaichte no mar theirear, "Cleirich Aonaichte" (U. P.), mar "Na Presbitirians" (Presbyterians), air a leithid de dhoigh 's gu'n robh iad ri nochdadadh gu'n robh iad ri tuigsinn nach buineadh iad fein do na "Presbitirians" idir. Agus le so tha iad ri nochdadadh a bhi smuaincachadh nach ann de na'n Eaglais Phresbitirianaich a tha 'n Eaglais Shaor. Ach 's ann a bha iad mar sin mar gu'm b'ann dha'n cur fein a mach bho nan eaglais a bha iad ri g-iarruidh dha rireamh a bhi seasamh. Oir 's ann a tha 'n Eaglais Shaor ri g-aideachadh gur I 's fearr no 's gloine de'n Eaglais Phresbitirianaich. Is ann le suil a bhi na'm Presbitirianaich ni bu ghloine a dhfhag iadan t-Seann Eaglais; do bhrigh iad a bhi crídsinn nithean a bhi air tighinn a steach innte nach buineadh dhi mar Eaglais Phresbitirianaich. Ach 's ann dircach air a bhonn sin a thainig na cuideachdan a mach aiste's roimhe sin a dhaonaich ri cheile rist fuidh an ainm Presbitirianaich Aonaichtc. Thainig

cuid diubh a mach an toiseach air an robh ap t-Urramach Mr. Erskine na cheann, agus dhaonaich cuideachdan eile a thainig a mach a rist ri a chuideachdsan* agus mar sin ghairmeadh na Presbitirianaich Aonaichte (U. P.) dhiubh.

Aig am an dealachaидh ma dheireadh a bha ann bho'n Eaglais Steidhichte an Alba, ghabh luchd suidhichidh na h-eaglais an t-ainm "EAGLAIS SHAOR," gu eadar dhealachadh a chur eadar a chuid do'n eaglais a thainig a mach agus a chuid eile dhi a dh-fhan anns a choicheangal ris an Stait, agus air an robh iadsan a thainig a mach ri seal tuinn mar ann an daorsa do na Stait, an coimeas riutha fein a bha saor uaidh a nis, ann an riaghlaidh na h-eaglais. Agus shaoil leodha e bhi freagarrach mar ainm do'n eaglais 's na h-uile doigh. Ach bha na h-uile eaglais eile thainig a mach bho 'n Eaglais Steidhichte saor air an aon doigh bho na Stait. Agus tha e soilleir gu bheil na h-uile scors eaglais an Canada agus 's na Staidean 's an aitean eile saor air a bhonn sin.

Ach trid a bhi cleachdadadh an ainm Eaglais Shaor cho cumanta, agus dith lan beachdachaидh air an ni, thainig cuid de'n t-sluagh gu bhi g-amharc orra fein mar nach buineadh iad mar mhuinnitir eaglais do na Presbitirians idir. Ach tha iad na'm Presbitirians a chionn gu'm bheil iad ri leantuinn doigh riaghlaidh na'm Presbitirianach. Agus, a thuilleadh air sin, gu bheil an aon Leabhar Aidmheil a Chreideamh ac

* The Burghers, Anti-Burghers, and the Reliefs, joined to form the United Presbyterian Church in Scotland.

agus a tha aig na h-uile eaglais Presbitirianach a tha 'n Alba 'n Eirinn no 'n Sasuinn, no 'n Canada agus 's na Staidean. Tha na h-uile eaglais Presbitirianach dhiubh sin ri cordadh air riaghlaigh le Seisean, Cleir, Seanadh 'us Ard Chuirt. Agus tha 'n aon leabhar Aidmheil aca sud uile. 'S iad puincean araid eile tha cur eadardhealachadh eatorra air nach bheil rum no fior aobhar againn labhairt an so.

Bha mar an ceudna muinntir na "Seann Eglais," an Canada ri deannamh eadardhealachadh eadar iad fein 's eaglaisean eile leis an ainm an "Eglais Albannach," no "An Coicheangal ris an Eglais Albannaich." Ach' aig an am cheudna bu Phresbitirianaich iad. Agus ge do bha cuid dian airson an t-ainm Albannach a chumail, bha Eirionnaich, Sasunnaich, Duitsich, Frangaich agus Canadianaich na'm buill de'n eaglais sin cho maith ri Albannaich, ged nach robh cho lionmhор. Agus bi 'n iarrtus mar caglais—"s bu choir sin mar caglais—gu'n tigeadh tuilleadh de'n t-slaugh nach eil nan Albannaich gu bhi na'm buill int. Cha bhiodh e eaglaiseach, a reir an scriobtuir an cumail a mach a chionn nach b' Albannaich iad. Ach cha do rinn an caglais Albannaich dhuibh. Agus le so cha robh an t-ainm "Eglais Albannach," ri toir ceartais dhoibh mar mhuinntir sluaigh eile. Ach bheir an t-ainm Presbitirianach cocheartas do na h-uile, mar a nochdar a chionn gn bheil e reir an scriobtuir gu bhi na ainm do dh-eaglais Chriosd. Agus ge do tha na h-Albannaich gu maidh, air dliomh fein a bhi na m Albannach mar an ceudna, gidhcadh cha 'n iad Albannaich a

mhain a thainig Criod a dh-iarruidh 's a thearnadh ach peaeaich, agus 's ann airson na h-obair sin a thoir air aghaidh a shuidhich E'n eaglais air an talamh mar innceal na laimh Fcin. Mar sin 's iad na peacaich a dh-fhcumas an Eaglais a bhi g-iarruidh fhaighinn a steach mar bhuill. "Air an aobhar sin imichibh gus na radhaidibh mora agus a lion duine 's a gheibh sibh, cuiribh iad chum na bainnse" (Matt. xxii. 9). Agus air an aobhar sin 's iad a mhain a mheud de na h-Alban-naich fein 's a tha na'm peacaich a tha Eaglais Chriod gus a bhi g-iarruidh fhaighinn a steach gu bhi na'm buill innte. Agus 's ann a chionn gu'm bheil iad gu leir {na'm peacaich an co-ionnan ris a chuid eile de shliochd Adhamh—gun a bhi toirt breith co 's mo no 's lugha na'm pcacaioh dhiubh—sann thoir fenear a tha e gu bheil Eaglais Chriod iomchuidh airson na'n Albannach fein mar shluagh eile.

Gu bhi coinneachadh caochladh bheachdan a choinnich rium air na nidhean so cho-dhuin mi beagan nidhean a sgriobhadh orra an cainnt na'n gaidheal, mar mo luchd ducha, an dochas gu'm bi e feumail a chum a bhi socrachadh na h-inntinn air bonn na firinn.

Air co-dhunadh na nidhean tha roimhe thugamaid mar so fanear gur ann an coicheangal ri teagasan agus doigh teagasan agus riaghlaidh na h-eaglais a tha an t-ainm Presbitirianach air a thoirt dhi ge be duthaich anns an bheil i. Agus cuimhnicheaimid mar an ceudna gur ann air a bhonn sin a tha a buill gu bhi co-chordadh ri cheile ge b'iad sluagh dhc 'm bheil iad air thalamh. Agus 's ann a reir mar a tha

i 'leantuinn na firinn a tha i ionchuidh gu bhi dha'n trcorachadh mar pheacaich ann an slighe na trocair a chum naomhachd agus gloir.

A ridhist, gabhamaid beachd nis dluidhe air Ciod am bonn 's an t-ughdarras air am bheil an t-ainm "PRESBITIRIANACH," air a thoirt do'n Eaglais sin?

'S iad na Scriobturan an riaghailt leis am bheil an eaglais gus a bhi air a seoladh. Air an aobhar sin, 'si cheist an so. Am bheil seoladh 'san fhocal airson an ainme so agus na riaghailtean a tha 'n Eaglais fuidh an ainm so ri leantuinn? Ann a bhi freagradh na ceiste so cuireamaid a cheist ruinn fein am bheil am focal Presbitirianach anns a bhiobull no am bheil an scriobtur air taobh na h-eaglais ann a bhi cleachdadadh an fhocail so? A leughadair nach cuimhne leatsa bhi dha leughadh anns a bhiobul? No an robh thu dha chleachdadadh air chreideas na h-Eaglais, no muinntir eile, gu'n dearbhadh a chur codhiubh tha scriobtur air a shon no nach eil?

AN TIR SHONA.

Fonn, "*Happy Land.*"

Tha duthaich sonais mhoir thall 's an "Tir chein,"
 Far 'eil na naoimh neobhas 'r dealrach mar ghrein.
 Oh! 's milis binn tha 'd seinn
 "'S airidh ar Fear saoraidh 's 'r Righ,"
 Le seinn ard cheolmhor bhinn molt 'E gach re.

Thigibh do 'n tir shona s'—thigibh na 'r reis.
 Carson teagmhach sheas sibh? fath'st deanamh eis.
 Oh! 's sona bhios ar lon
 'N uair saor bho pheacadh 's bron,
 A Thighearn na d' choinunn beannaicht' gach re.

Dealraicht, 's an tir shon ud, tha gach suil' soills,
 Gleitht, 'le lamh an Athar, cha deid, gaol eug.
 Ruith'bh reist gu gloir maraon
 Bibh gabhail coir air riogh'chd 's crun;
 'S dealraicht os cionn na grein, riogh 'chibh gach re.

EAGLAIS NA SEANAIREACHD: CO I AN
EGLAIS SIN?

(Continued from page 63.)

Ach a theagamh nach do thachair e idir riut na do bhiobul Gailic, no Beurla, gus a so feuchamaid a nis a dh-fheuch an lorg sinn am bhcil e ann, no cionnus a thainig e nach do thachair e oirt.

A chum na criche sin thugamaid an toiseach fanear gu bheil e cumanta do mhuinntir aon chainntc, 'n uair a bhios iad ri cluinntinn cainntean eile, a bhi cleachdadh focail de na cainntean sin measgaichte le an cainnt fein, gun a bhi dha 'n eadartheangachadh ach a reir mar a thuigeas iad na focail a bhi ciallachadh ni arait 's am bith, ach gu tric ri cur fuaim eigean do 'n canain fein air na focail. Mar so their Gaidheil, 'n uair ri labhuit anns a Ghaelic; "Doctor," "A Chounty," "A chouncil," "An township," "An railroad," "An university," "Corporation a bhaile," "A phatronage." Agus mar sin air aghart a reir mar a chleachdas muinntir no thig e gu 'm beul, no mar a chluinneas iad. Nise 's ann mar sin a tha e thaobh an fhocail so a thainig gus a bhi na ainm cumanta do 'n eaglais no na heaglaiscan a tha ri leanntuinn an doigh riaghluidh agus theagasan air an do sgriobhadh roimhe so. Cha 'n e aonachuid focal Beurla no Gaelic a tha ann, ach am focal Greugaisg PRESBUTEROS agus seorsa do dh-fhuaim Gailic no Beurla air a chur air a reir mar a thachras e. 'S e sin "Presbyterian" anns a Bheurla agus "Presbitirianach" anns a Ghailic. Tha am focal

anns a cheud aite ri ciallachadh duine ·nis seine no neach eigin eile. Nise chi sinn gur e gle bheag do dhatharrachadh am fuaim no 'n speiligeadh a tha air mar a tha luchd Beurla no Gailic dha chleachdad. Tha mhain y dha cur 's a Bheurla an ait *Upsilon* 's a Ghreugaisg, agus i 's a Ghailic, agus tha e' ri crioch-nachadh 's a Bheurla le *ian* no *ians*, agus tha na Gaidhil ri cur *ach* no *aich* as deigh *ian* gu fuaim Gailic a thoirt dha. Tha mar so. oidhirp chom-harraichte air a dheanamh gu Gailic a dheanamh do'n fhocal ghreugaisg so, cho maidh ri Beurla, mi eigean mar a bhios iad ri deanamh saighdearan anns na reiseamaidean Gaidhealach do Ghoill 's do dh-Eirionnaich 's feudaidh do Shasunnaich, fuidh ainm Gaidheal, le bhi cur na Feoula beag air 'n uair nach faigh iad Gaidhil gu leor gu bhi lionadh na reiseamaid. Agus tha 'n da ni so g-eiridh gle mhor bho 'n aon aobhar. 'Se sin, gun do dhfhas air an dara laimh aon chuid na h-uachdarain no na Gaidhil, michuramach ann a bhi cumail Ghaidhil na'n aite fein gu bhi, no ann a bhi, cumail suas na'n reiseamaidean Gaidhealach le fior Ghaidheal, mar a bha iad an laidhean Bhonapert. Agus, air an laimh eile, gu bheil gaidheil michuramach ann a bhi cumail na cainnt Ghaidhealaich na h-aite fein ach gu tric ri leigeadh bas le focalan maithe Gailic 's dha 'n adhlacadh ann an uaimh na dich-uimhne agus ri cur bloidhean fhocal Beurla na'n aite.

(Air leam nach leigear a leas tim a chall ann an so gu toirt fanear na'n caochluidhean a bhithear ri deanamh air an da litir mu dheireadh anns a Ghreu-

gaisg dhe 'n fhocal so, reir mar a bhidheas e ciallachadh aon no barrachd air aon, no firionn no boirionn, no ni gun bheatha, mar a thuigeas sgoileir Greugaisg 'n uair a thachras e ris an leughadh anns na caochladh dhoighean so.)

Agus bidhidh na Gaidhil mar an ceudna ri cleachdadhl an fhocail "EILLTEIR" mar ainm oifig an luchd dreuchd a tha air an tuigsinn leis an ainm sin anns an Eaglais. Ach cha 'n fhaigh iad am focal sin eadar dha cheann a Bhiobuil. Agus carson? An e nach eil an luchd dreuchd sin idir air an ainmeachadh anns a Bhiobul? Cha 'n e. Ach gu bheil na Gaidhil annan so ri cleachdadhl am focal Beurla *Elder* agus ri feuchainn ri Gailic a dheanamh dheth le seorsa do dh-fhuaim Gailic a chur air. Agus,—mar is tric a theid le gaidhil anns an ni a chuireas iad aghaidh air, maith no olc—chaidh a chuis leo cho maith ann a bhi deanamh Gaidheal de'n fhocal so, agus gu bheil moran Ghaidhil fein a nise dha chleachdadhl, leis an deise ghaidhealaich a chuireadh air, gun a bhi smuaineachadh nach e fior Ghaidheal a tha aca do shliochd na'n clannan (clans) a bha ruith sios agus suas air Ard-fhearuinn Alba fad mus d' thainig luchd Beurla gus a bhi ri measgachadh leodha. Gidheadh cha do ghabh luchd eadar-theangachaидh a Bhiobuil ris mar fhior Ghaidheal ach ghabh iadsan am focal a tha 'm fear ud—le toil nan gaidheal—ri cur as dreuchd le e fein a bhi gabhail aite. 'S e sin, ghabh iad am fior fhocal Gailic "SEAN-AIR" a tha cur Gailic air an fhocal Bheurla *Elder* agus air an fhocal Ghreugaisg *Presbutteros*. Ach a dhain-

deoin so, rinn am focal “EILLTEIR” feum gu maith. Cha ’n ann dha dhiteadh buileach a tha sinn idir. Le chota gaidhealach air rinn e seirbhis mhaith do na Gaidhil. Ach air a shon so feumaidh sinn na suilean aca dhion uaidhe mus dall e iad cho mor ’s nach leig e leodha fhaicinn cho soilleir anns a Bhiobul an t-Ughdarris a tha ann air son doigh riaghlaidh na h-eaglais a tha ri cleachdadadh na dreuchd ris an abrar dreuchd na h-eillteireachd. Ach tha sinn ri faicinn gu bheilear ri cleachdadadh an fhocail so direach air an aon doigh ’s a tha araon Gaidhil ’s luchd Beurla ri cleachdadadh an fhocail *Presbuteros* le bhi cur cota Beurla ’s Gailic ma seach air a reir mar a thachras e.

A nis uaidhe so tha e soilleir gu bheil na caochladh ainmeun a leanas ri ciallachadh an aon ni, no mar a tha e, ’n aon eaglais ’s e sin

EKKLESIA PRESBUTERA=ECCLESIA PRESBYTERIA=
THE PRESBYTERIAN CHURCH=THE CHURCH OF THE
ELDERSHIP=AN EAGLAIS PHRESBITIRIANACH=EAGLAIS
NA SEANAIREACHD. Mar so tha air a chodhunadh freagradh na ceist, Co I Eaglais na Seanaireachd ?

Nise ’n uair mar so a thuigeas sinn gu bheil “*Presbyterian*” anns a Bheurla ri ciallachadh an aon ni ri *Elder* no gur e “*Elder*” a Bheurla a tha air “*Presbuteros*,” agus gur e “*Seanair*,” a Ghailic a tha air agus gu ’m bheil “*Presbitirianaeh*,” dha chur na Ghailic air an aon fhocal, chi sinn air ball gu bheil moran anns an Scriobtuir mu thimchioll an fhocail “*Presbitirianach*,” araon ’s an t’ Seann Tiomadh agus san Tiomadh Nuadh. Agus mar so gheibhear gu

bheil lan bhonn 's an scriobtúr air son a thoirt mar ainm do'n Eaglais mar Eaglais Chriosda a tha gu bhi air a treorachadh leis an Spiorad Naomha do reir teagascg an fhocail a thug Dia dhuinn.

A nise Cha 'n eil rum againn ann an so moran a sgriobhadh airson a bhi tarruing aire muinntir gu caochladh earrannan de na'n scriobtúr gu daingneachadh an ni so ach feudar beagan earrannan a thoirt fanear.

A reir so gheibh sinn an t-Abstol Eoin ri gairm "Seanaire" (*Presbuteros*), dheth fein (2 Ep. i. 1), Cha robh so ri cur a thaobh oifig mar Abstol, Oir bha oifig mar Abstol ri gabhail a steach na'n oifigean eile a b'isle na abstol, anns an eaglais. Mar sin bha coir aige a chionn ga 'm b-Abstol e, a bhi cleachdadh dreuchd na Seanaireachd ann an riaghladh na h-eaglais. 'S bha e mar sin do thaobh na'n abstol uile, mar Eoin.

Rithist tha Pol ri teagascg ann an 1 Tim. v. 17, mar so. "Measar gur airidh na SEANAIREAN (*Presbuteres*) a riaghlas gu maidh air urram dubailte gu h-araidh iadsan a tha saoithreachadh san fhocal agus ann an teagascg." Ann an so tha ughdarras aig an eaglais Phresbitirianaich araon airson oifig na'n Seanairean agus mar an ceudna airson da chleas Sheanairean. Se sin gu bheil cuid a tha na'n Seanairean a mhain ann an riaghladh na h-eaglais, ach, gu bheil cuid eile tha araon mar Sheanairean agus mar luchd teagascg mar an ceudna—ri "Saoithreachadh san fhocal agus ann an teagascg." Mar so tha an cleas de an gairmear gu coitchionn "Ministeirean" anns an Eaglais Phres-

bitirianaich, araon nan Seanairean, ri gabhail comhpairt ris a chuid eile de na Seanairean (Eillteirean) ann an riaghladh na h-eaglais, agus a thuilleadh air a sin ri "Saoithreachadh san fhocal agus ann an teagasc."

A rithist do thaobh casaid an aghaidh Seanair, tha e teagasc san rann 19, "Na gabh casaid an aghaidh Seanair (*Kata Presbiterou*) ach le dithis no triuir do do fhianuisibh.

A rithist tha ughdarras scriobtureil aig an Eaglais Phresbitirianaich airson na doigh a tha I leantuinn ann a bhi ri cur muinnteir air leth airson oifig na ministreileachd—le bhi cur lamhan buill na cleire air an ceam—ann an 1 Timoteus iv. 14—"Maille ri leagadh lamhan na Seanaireachd (*Ton Keiron, tou Presbiterou*) ort."

Ann an so tha e air a leigeadh ris dhuinn an doigh air an robh Timoteus air a choisrigeadh, no air a chur air leth, gu follaiseach, airson obair na ministrealachd, ann an ladha na'n Abstol.

Tha ann an so mar an ceudna ughdarras gu bhi cumail Cleir airson gnodhuichean an coicheangal ri riaghladh follaiseach na h-eaglais.

Feudaidh sinn an so mar an ceudna aire muinntir a leughas a Bheurla tharruing gu sealltuinn ris gu bheil am focal Greugaisg air a chumail an so's a bhiobul Bheurla leis an fhuaim Bheurla mar a thugadh fanear agus mar a tha e nise air a chleachdadadh 'sa Bheurla mar ainm do na Chleir, 'se sin "*Presbytery*,"—"Laying on of the hands of the Presbytery." Which, if translated literally into plain English, as it is in Gaelic into

plain Gaelic, should be rendered thus, "Laying on of the hands of the eldership." Ach anns a Ghailic tha e air a chur anns an fhior Ghailic 'se sin "SEANAIREACHD." Ach nam biodh am focal *Gailic-ghreugaisg* air a chur 's an earruinn mar a tha 'm focal *Beurlaghreugaisg* 'Presbytery' anns a bhiobul Bheurla se bhiodh ann Lamhan na *Presbitirianachd*."

Mar so chi sinn gur e 'm fior ainm scriobtureil a tha air a chuit ris an abrar, chleir a 's e sin, anns a Ghreugaisg PRESBUTERIOS agus anns an Laideann PRESBYTERIUS agus anns a Bheurla ELDERSHIP agus anns a Ghailic SEANAIREACHD.

An Titus i. 5, tha Pol mar an ceudna ri labhairt ri Titus mar so, "Air a shon so dh'fhag mi thu ann an Crete, chum gu'n cuireadh tu 'n ordugh na nithe a dh' fhagadh gun deanamh agus gu'n suidhicheadh tu SEANAIREAN (*Presbiterous*) anns gach baile, reir mar a dh'aithn mise dhuit."

Tha againn ann an so an riaghait a lean Pol ann a bhi ri suidheachadh 's ri steidheachadh ceud choithionalan na h-eaglais Chriosdail ann am measg na'n cinneach. Se sin bha seanairean no mar theirear eillteirean—seadh se sin, bha Presbitirianaich—air an suidheachadh anns gach baile. Agus mar sin nach feud sinn a chodhunadh gu'n robh an Eaglais Phresbitirianach fein air a suidheachada anns na bailtean so no ann an Gailic nis gloine, gu robh Eaglais na Seanaireachd air a suidheachadh annta le Pol.

Ann an Gniomhara, mar an ceudna, agus caibdeil xx. 17, tha e scriobhta mar so : "Agus chuir e fios o

Mhiletus gu h-Ephesus, agus ghairm e da ionnsuidh seanairean (*Tous Presbuteros*) na h-eaglais." Se sin mar a theirear, 's mar a labhradh leam a roimhe "Eillteirean, no Presbitirianaich Ephesuis." Tha so r, nochdad, gu'n robh Eaglais Ephesuis air a suidheachadh an toiseach na h-Eaglais na seanaireachd, se sin a reir doigh ua h-Eaglais Phresbitirianaich. No, gu chur nis soilleir, nach feud sinn a chodhunadh uaidhe so gur i Eaglais Phresbitirianach a bha air a suidheachadh ann an Ephesus fuidh abstolachil Phoil.

Ann an so feudaidh sinn a thoirt fanear nach eil an Scriobtuir ri toirt ughdarris 's am bith airson dreuchd no oifig Easbuig air leth bho oifig seanair (*Presbuteros*) Oir se am focal greugaig EPISCOPOS a tha ann agus am fuaim Gailic so air a chur air gun eadar thean-gachadh. Agus 's ann mar so a tha "Bishop" air a chleachdad anns a Bheurla bho 'n fhocal cheudna. Se a Ghailic a tha air "FEAR COIMHEAD" agus a Bheurla tha air "Overseer." Agus mar so 's ann a tha e air a chleachdad anns an scriobtuir ann a bhi cur an ceil an dleasdanais a bhuineas do dh' oifig Seanair. Se sin tha e air a chur na fhear coimhead-thairis air gnodhuichean na h-eaglais. Mar so se Seanair (*Presbuteros*) ainm na dreuchd agus 's e Easbuig (*Episcopos*), ainm an dleasdanais a bhuineas do'n dreuchd.

A reir so tha Pol ri g' radha ri seanairean Ephesuis (rann 28) "Air an aobhar sin thugaibh aire dhuibh fein, agus do'n treud uile air an d' rinn an Spiorad

Naomh LUCHD COIMHEAD dhibh, a bheathachadh eaglais Dhe, a cheannaich e le fhuil."

S'e am focal greugaig a tha air eadartheangach "*Luchd coimhead*," ann an so, EPISCOPOUS; bho am bheil an aitean eile "*Easbuig*," anns a Ghailic agus "*Bishop*," anns a Bheurla air an toirt.

Bha dreuchd na seanaireachd mar an ceudna an cleachdad dh anns na Sinagogan anns an robh Iosa searmonachadh Agus tha e mar sin 'sna Sinagogan gus a nis.

Tha eiseimpleir agus ughdarras scriobtureil mar an ceudna, airson ARD CHUIRT na h-Eaglais Phresbitirianaich air a chur sios anns a xv. de na Gniomhara. Ann an sin gheibh sinn gu'n robh a cheist mu'n timchioll ghearradh, a dh' fharluich orra reiteachadh ann an Antioch, air a thogail as a sin gus na h-Ard chuirt a bha air a cumail leis na h-Abstoil agus na seanairean ann an Ierusalem, agus Pol's Barnabas air an cur leis a chuis ann an sin (as delegates).

Agus gheibh sinn gu bheil an doigh oibreachaidh a bha aca aig a chuirt so gle choltach ris an doigh a tha cleachdta aig Ard Chuirt na h-eaglais Phresbitirianaich a nis. Se sin, bha cothrom air a thoirt do na caoch-laidh phairtighean am beachd a chur an ceil, gu saor, a reir ordugh. Oir tha air a radha gun robh "Moran deasboireachd" ann. Agus "thug iad eisdeachd do Bharnabas agus do Phol," mar a mhuianntir a bha air an cur bho Antioch.

Agus thug Peadair a mach a bheachd na am fein. Agus a rithist thug Seumas a mach a bheachd fein.

Agus an sin sgriobh iad sios an cordadh gus an d'thainig iad agus bha e air a chur a dhionnsuidh nan eaglaisean fa leth.

Air dhomh mar so aire a tharruing a dhionnsuidh beagan earrannan de'n scriobturi gu daingneachadh nam puincean a tha roimhe agus gu teagascg cui, air do rum a bhi goirid ann an so, fagaidh mi nis aig muinntireile bhi leanntuinn an rannsachaideh nis faide air an son fein. Agus mar so bheir mi na puincean eaglais so gu crich le comhluadar a chur an ceil a b'aithne dhomh tachairt eadar fear a bha foghlum (Student) aig an oil thigh (College) agus Sagairt. Tha mi smuaineachadh gum freagair an comhluadar ann an so a chionn gu'n robh e air puincean arait an coicheangal ris an eaglais, agus ris a chredeamh a tha feumail a thoirt fanear le aire.

Bheir mi suim a chomhraighe mar a bha e, leis na ceistean ri tarruing freagartan, 'sna freagartan ri tarruing tuilleadh cheistean ma seach.

'S ann mar so a thacair e.

Bha an Student air chuairt 's na *Eastern Townships* ri fiosrachadh a chairdean aig an am a bhios an oil thigh na thamh aig am na Nulag. An sin thachair e fein 's an Sagairt air a cheile ann an buth (store) 's an robh Post Office. Bha an Sagairt na Fhrangach cionalta agus mar is tric le Frangaich a bhi, bha e na dhuine modhail (Polite). Thug e 'n aire do nan student agus chaighd e bhruidheann ris. Bha e aig an am na Shagairt aig a cholonaidh fhrangach (French Colony) a shuidhicheadh aig Loch Megantic airson

saighdearan a Phap. Agus thainig e gu bruidhinn air mar a bha iad ri dol air aghaidh leis a cholonaidh. Ni a bha 'n student toileach air a chluinntinn, agus ghabh e 'n cothrom air eolas a ghabhail air an doigh oibreacaidh aca anns an ni so.

As deigh comhradh car greis air a so dhfheoraich an sagairt deth co as a bha e fein, oir fathast cha robh fios aige ciod e bha 'n student ri leantuinn. Uaidhe sin chaith an comhluadar air aghaidh mar a leanus. Student. "Thainig mi o Montreal, aig an am so a dh'fhaicinn chairdean 's na h-aitean so."

Sag. "Ciod tha thu leantuinn am Montreal?"

St. "Tha mi aig an Tigh fhoghlum."

Sag. "Co 'n tigh foghlum aig am bheil thu?"

Freag. "MacGill College."

Sag. "Ciod e 'n dreuchd a tha duil agad a leantuinn air son am bheil thu foghlum?"

An so dhaidich e gu'n robh e airson foghlum teagasgan na diadhachd (Theology) gu h-arat.

Sag. "Am bheil thu cinnteach gu bheil an luchd teagasg aig an tigh fhoghlum ri teagasg na firinn dhuit?"

S. "Tha mi creidsinn gu'n bheil."

Sagairt. "Ciod e 'n dearbhachd a tha agad air a sin?"

Ann an so air do na student fios a bhi aige gu'm bheil na sagairtean ri teagasg do nan t-sluagh aca gu'm bheil am biobul protstanach lan do mheárrachdan agus gle eadardhealaichte bho nan fhior bhiobul mar a bha e anns na ceud chanain águs air fhagail leis na

h-abstoil agus gur ann aig na sagairtean Papanach fein a mhain a tha e ceart a nise, seadh air dla so a chuimhneachadh, ghabh e 'n cothrom ann an so air a chur an ceil do 'n t-sagaирt gu'm biodh iad ri foghlum a bhiobuil aig an tigh fhoghlum anns na ceud chanain anns an robh e air a sgriobhadh 's e sin a ghreugaisg 's an Eabhra. Agus tha e feumail so a chur an ceil an comhnuidh an uair a bhios neach ri labhairt ri Papanaich air a phuinc so.

Sagairt. "Cionnus a tha thu cinnteach nach eil an luchd teagaisg ri cur mearachdan, eadhon, ann an clobhualadh na Greugaisg agus na h-Eabhra fein?"

S. "Cha 'n urrainn iad sin a dheanamh air dhoigh 's nach feud sinne fhaighinn a mach oir feudaidh sinne am foghlum a leantuinn cho fada riu fein. Agus tha mar an ceudna lan chothrom againn air dearbhadh a chur air codhiu a bhiodh eadardhealachadh air a dheanamh anns na biobuil a tha nis air an clobhualadh bho mar a bha na scriobturan air an scriobhadh ann an ceud linntean na h-eaglais. Agus tha sin a chionn gu bheil morai air an gleidheadh fathast ann an Seomair leabhrachaean (*Libraries*) agus Tighean neonachais (*Museums*) de na scriobturan mar a bha iad ann an scriobhadh bho chionn cheudan bhliadhnachan agus mus d'fhuaireadh a mach innleachd a chlobhualaidh idir. Tha lan chothrom air iad so a choimeas fathast ris na biobuil a tha nis air an chlobhualadh. Agus a thuilleadh air aireamh gun chunntas de phairtean air leth dhe na scriobturan mar a tha iad anns na seann scriobhaidhean a tha mar so air an

gleidheadh fathast, tha gu h-arait da (2) bhiobul ann an Sasuinn agus fear eile anns an Fhraing agus fear eile ann an Russia * agus fear eile aig a Phap anns an Roimh, anns am bheil faisg na h-uile de nan t-Seann tiomnadh agus de 'n Tiomnadh Nuadh comhladh mar a tha am biobul againne a nise. Tha iad so cho sean 's gu bheil cuid ri creidsinn gu'n robh iad air an scriobhadh 's na ceud linntean de'n eaglais, feudaidh e bhi an linn nan Abstol. Agus, mus feadar e, 's urrainn am biobul mar a tha e againnc a bhi air a choimeas ris an t-seann bhiobul ud a tha anns an Roimh ann an gleidheadh a Phap fein na sheomar leabhairchean. Ach a thuilleadh air a so, agus nis cinntiche eadhon, bha na h-Iudhaich an comhnuidh nan luchd gleidhidh air an t-Seann tiomnadh. 'S ann doibhsan a chaidh a thoirt an toiseach. Agus ged' nach do chreid iad gu'm b' E Iosa bho Nasaret an Criosda a bha gu teachd, gidheadh bha iad an comhnuidh ri creidsinn anns na scriobturan gu litireil, agus bha iad ro eudmhor airson gu'm biodh iad air an gleidheadh glan bho mhcarachd 's am bith A nise tha na h-Iudhaich, ri gleidheadh an t-Seann tiomnuidh fhathast mar so. Agus cha'n eil iad na'm Papanaich na na'n Protstanaich. Agus feudaidh mar so am biobul againne a choimeas ris a bhiobul Iudhach. Agus a nise a thuilleadh air a so, 's e Rabbi Iudhach (Doctor De Solo) a tha teagascg a bhiobuil Eabhra dhuinne ann an University MacGill, agus tha sinn ri faighinn nam biobul a tha esan ri g-iarruidh. Agus

* Tha copaidh dhe so a nis 's a Cholaist Phresbitirianach a Montreal.

dhinnseadh esan dhuinn na 'm biodh mearachd anns na biobuil a tha againn, oir tha e leughadh a bhiobuil mar tha e againn 's a Bheurla mar an ceudna."

Sagairt. "Ciod an t-ainm eaglais do 'm buin thu?"

S. "Do'n Eaglais Phresbitirianaich."

Sagairt. "Cuin a bha 'n Eaglais Phresbitirianaich ann an toiseach?"

Student. "Bha ann an laidhean nan abstol, agus eadhon ann an laidhean Mhaois."

Sagairt. "Ho! Bha mi 'n duil nach robh an Eaglais Phresbitirianaich ann idir roimh Luther agus Henri an t-Ochdamh."

S. "Oh! Cha bu Phresbitirianaich a bha ann do Luther no do Henri VIII. idir. I's ann a Bha Luther na cheann air toiseachadh na h-Eaglais Lutheranaich agus 's i an Eaglais Shasunnach a thoisicheadh fuidh riaghladh Henri agus 's i a bha e g aideachadh 'n uair dhag e 'm Pap'Siad Calbhin agus Suingeal (Zwingle) a bha gu h-araid ainmeil 's an Eaglais Phresbitirianaich aig an am sin. Agus a rithist lean Iain Nogs an Eaglais Phresbitirianaich maille ri Calbhin (Calvin) Agus 'n uair a fhuair e air ais as deigh a chur air falbh do'n Fhraing shaothaich Iain Nogs (Knox) ann an Alba gus an robh an Eaglais Phresbitirianaich air a steidheachadh ann roimh chrioch a ladha fein."

Sagairt. "Co de na h-Abstoil a bha na Phresbitirianach?"

Ann an so thainig smuain a steach air an student a choisinn gun do chord a cheist so gu comharrachte ris agus flireagair e, "Bha Peadair."

Chuir so gluasad air an t-Sagairt oir tha iadsan ri Creidsinn gu'm b'e Peadair bonn 'us ceann a chreideamh Phapanaich agus a cheud Phap a bha anns an Roimh —agus thubhairt e, "Co thuirt sin riut ?" "Cait an do leugh thu sin ?"

Student. "Thuirt Peadair fein e."

Sagairt. "Caite 'n dubhaint Peadair e ?"

Student. "Tha e dha ghradha na litir."

Sag. "Caite ?"

Student. "Tha da litir a sgriobh Peadair againn anns a bhiobul agus ann an aon diubh tha e g-ainm-eachadh gu'm bu Phresbitirianach e fein. Ann an so tharruing e aire an t-Sagairt gus an ni so. Se sin gur e 'in focal greugaig gun eadartheangachadh a tha air a chumail anns an fhocal Presbitirianach agus gur e Seanair (Elder) is ciall da, agus air an aobhar so nach bheil e idir na mhearachd scriobtuirail am focal Presbitirianach a chleachdadadh an aite 'n fhocail "Seanair," an uair a bhios e air a thuigsinn gur e 'n aon ni a tha 'n da fhocal ri ciallachadh. (Dheist an Sagairt ri so 's cha duirt e ni leis no na aghaidh.) "A nis," (thuirt esan) "tha Peadair ri gradha gu soilleir, ann a cheud litir 's an cuigeamh caibdeil 's a cheud rann, mar so, "Na SEANAIREAN a tha nur measg tha mi ag earail, air bhi dhomh fein a' m' SHEANAIR mar an ceudna."

A nise 'n uair a chuirear am focal Presbitirianach an so an aite Seanair leughaidh e mar so.

"Na Presbitirianaich a tha nar measg tha mi ag earail, air bhi dhomh fein a' m' l'hresbitirianach mar an ceudna."

Sagairt. "Tha iad ri gaircachdain ri mo Bheurla sa. Na'n bruidhninsa Bheurla cho maith 's a bhruidhneas mi Frangais bhruidhninn rint. Ach tha iad ri gaireachduinu ri mo Bheurla."

Student. "Tha Bheurla gle mhaith agad. Cha 'n eil iad ri gaireachduinn rithe idir." Ach a dhaindeoin so ghabh e mach as á bhuth agus dh'fhag e Peadair na Phresbitirianach mar a bha e roimhe agus fathast—bho dhiompaicheadh e.*

Agus cha'n eil an Fhrangais na cainnt nis fearr air son an ni so a dhearbhadh na tha na cainntean mun do labhradh. Ach na tha ann do dhiophar tha mi smuaineachadh gur ann nis michinnlich a tha i cur eadartheangachadh air na canain eile.

Feudar aimeachadh gu'n robh aireamh mhaith de shluagh a bha tighinn don stor—Protstanaich 'us Papa-naich—air seasamh ri g-eisdeachd mun am 'n do chriochnuich an comhluadar. Ach bha iad samhach gun ghluasad 's am bith 's a chuid mhor gu furaileach ri g-eisdeachd. Agus air leam nach robh aon sam bith a chuir umhail air droch Bheurla bhi aige ged labhair e fada 'n toiseach ri toir cunntas air a cholonaidh aige, 's bha e teagasg 's a bheurla uairean.

* Da thaobh Pheadair tha mi smuaineachadh gu'm fcudar a chreidsinn gum bu Phap no Papanache a thaobh naduir. Oir bha streadp mhor aige ri bhi gu h-ard am measg nan deisciobul eile, agus thug e caochladh ion-suidhean air cur an aghaidh teagasgan Chriosd agus an atharrachadh. Agus thuirt criosda ris mar a chliu gu'n robh e "Fiaradh slighcan direach an Tighearna."

Mar so tha mi ri comhdhunadh nam briathran so mu'n eaglais an dochas gu'm bi iad feumail gu socrachadh creideamh muinntir anns an eaglais.

Air leam fein air uairean gur e cho criobtureil 's a tha 'n fhior Eaglais Phresbitirianach a tha fagail cho doilich do mhoran a leantuinn gu ceart no idir, agus sin, air a bhonn gur ann a tha 'n duine gu nadurach ri g-iarruidh nis faide bho shlighe na firinn.

A rithist tha mi air uairean ri smuaineachadh gu bheil e gu tric ri fagail na h-Eaglais mi-shoirbheacheil moran a bhi g-aideachadh a bhi na'm Presbitirianaich nach eil mar sin ach ann an aimm a mhain gun sgeul ac air brigh a riaghailtean ach mar fhreagras e iad fein agus a tha mar sin nan cudrom orra an ait a bhi nan cuideachadh dhi.

A nis chomhdhuin mi mar an ceudna gu'm feudadh e bhi feumail am Bonn (Basis) air an do dhaom na h-eaglaisean Presbitirianach an Canada ri cheile eadar-theangachadh gu Gailic agus a chlobhualadh an so. Cha chuala mi gu'n deachaidh so a dheamh fathast. Ach tha fios agam air cuid de chonnsachadh a bhi measg cuid de na Gaidhil ma dheithinn. Agus tha e feumail a bhi aca codhiu.

Tha a Bheurla mar a chaidh am Bonn a chlobhualadh leis an Eaglais air a chur maille ris mar dhearbhadh agus gu comhnadh gu brigh cuid de na focail a thuig-sinn nis soilleir le cuid a leughas an da chainnt.

ROIMH-RADH.

" Tha Eaglais Phresbitirianaich Chanada ann an

coimhcheangal ri Eaglais na h-Alba, Eaglais Phresbitirianach Chanada, Eaglais Phresbitirianach na'm Mor-roinnean Iosal, agus Eaglais Phresbitirianach nan Mor-roinnean Muireach (no ris a mhuiir—*Maritime Provinces*) ann an coicheangal ri Eaglais na h-Alba, a tha cumail na'n aon teagasgan, uachdarananachd agus deiscioblaichd, air dhoibh a bhi creidsinn gu'm bidheadh e airson gloir Dhe agus cur air aghaidh aobhar Chriosda, gu'n aonadh iad agus mar so gu'n deanadh iad suas aon Eaglais Phresbitirianach anns an Uachdarananachd (*Dominion*) air am bi mar ainm "AN EAGLAIS PHRESBITIRAINACH ANN AN CANADA," saor bho na h-uil' eaglais eile ann a h-uachdarananachd laghail, agus fuidh ughdarras do Chrisoda mhain, an Ti is E Ceann Eaglais fein agus a tha na cheann os cionn na'n uile nithe do 'n Eaglais," (Tha sinn) ri cordadh air a bhonn a leanas a tha gu bhi air an ainm a chur ris le "Fir ciuineachaidh (Moderators), na'n caochladh Eaglaisean, na'an ainm agus as an leth.

AM BONN.

1. Is iad scriobturan an t-Seann Tiomnuidh agus an Tiomnuidh Nuaidh, a's e focal Dhe, an aon riaghait neothuiteamach airson creideamh argus modhannan.

2. Bidhidh Leabhair Aidmheil Creideamh Uestminster (Westminster) ri cumadh riaghailtean-suidhicht iochdarach (subordinate standards) na h-eaglais so; bidhidh an Leabhar is mo agus Leabhar Aidhghearr na'n ceistean air an uchdmhacachd (adopted) agus air an comharrachadh gu bhi air an cleachadh airson

teagasg an t'sluaign; air dha bhi gu soilleir air a thuigsinn nach eil ni sam bith anns an Leabhar Aid-mheil no na Leabhraichean Cheistean a chaidh ainm-eachadh, a thaobh cumhachd agus dleasdanas an Uachdarain Shiobhalt (Civil Magistrate) gu bhi air a chumail (no thuigsinn) mar ri toir ughdarras (no gnuis) do phrionnsapal no beachd sam bidh nach eil ri co sheasamh rl *lan shaorsa coguis ann an gnoidhuichean na diadhachd.*

3. Bidhidh riaghlaigh agus aoradh na h-Eaglais so ann an cochordadh ri prionnsapalan agus cleachdaidh-nean, ris an deacha gabhail, a bhuineas do dh-eaglais-can Presbitirianach mar a tha iad gu coitchionn air an cur sios ann an—“Cumadh Uachdaranachd na h-Eaglais Phresbitirianach,” agus “Seoladh airson Aoradh Follaiseach Dhe.”

Tha so air eadar-theangachadh o na Bheurla tha ri leantuinn.

PREAMBLE.

The Presbyterian Church in Canada, in connection with the Church of Scotland, the Canada Presbyterian Church, the Presbyterian Church of the Lower Provinces, and the Presbyterian Church of the Maritime Provinces in connection with the Church of Scotland, holding the same doctrine, government and discipline, believing that it would be for the glory of God and the advancement of the cause of Christ, that they should unite and thus form one Presbyterian Church in the Dominion, to be called “The Presbyterian Church in

Canada," independent of all other churches in its jurisdiction, and under authority to Christ alone, the Head of His Church, and Head over all things to the Church, agree to unite on the following Basis to be subscribed by the Moderators of the respective Churches in their name and in their behalf.

BASIS.

1. The Scriptures of the Old and New Testament, being the Word of God, are the only infallible rule of faith and manners.
2. The Westminister Confession of Faith shall form the subordinate standards of this Church ; the Larger and Shorter Catechisms shall be adopted by the Church, and appointed to be used for the instruction of the people; it being distinctly understood that nothing contained in the aforesaid Confession or Catechism or Catechisms regarding the power and duty of the Civil Magistrate, shall be held to sanction any principles or views inconsistent with full liberty of conscience in matters of religion.
3. The government and worship of this Church shall be in accordance with the recognized principles and practices of Presbyterian Churches, as laid down generally in the "Form of Presbyterian Church Government," and in "The Directory for the Public Worship of God."

BEACHD.

A nis uaidhe so thugamaid fanear gu'n do dhaonaich ha h-eaglaisean so—a bha gu leir roimhe na'n eaglais-

ean Presbitirianach—air a bhonn gu'm biodh iad na'n aon "Eaglais Phresbitirianach an Canada." Agus tha air a chur sios anns a chordadh gu bheil i gus a bhi mar "EAGLAIS SHAOR na h-uachdaranachd laghail, agus fuidh ughdarras do Chriosda mhain, an Ti is E ceann Eaglais Fein agus a tha na cheann os cionn na'u uile nithe do 'n Eaglais."

Tha mar an ceudna air a chur sios ann gur e (m Biobul) "Focal Dhe an aon riaghaitt neothuiteamach airson creideamh agus cleachdaidhnean." Tha mar so an scriobtur air aideachadh mar an riaghaitt is airde gu treorachadh na h-Eaglais so agus go bhi air a riaghlaadh leis.

Tha mar an ceudna "Leabhar Aidmheil a Chreidcamh," agus an da Leabhar Cheistean gu bhi air an leantuinn, mar riaghuit teagasg mar a bha iad roimhe fuidh (subordinate) Fhocal Dhe—Se sin cha 'n eil iad so air an gabhail mar an ard riaghaitt don Eaglais ach tha iad air an gabhail mar riaghaitt a chionn gu bheil an Eaglais ri creidsinn gu bheil na teagasan aca ri cochordadh ri teagasan na h-ARD RIAGHAILT is e "FOCAL DHE," 's a tha "Ncothuiteamach," a mhain.

Tha i mar an ceudna gu coimhead nan riaghailtean a tha air an *dearbhadh* agus air an leantuinn le "Eaglaisean Presbitirianach eile mar a tha iad sgriobhta anns an da leabhar so dhan ainm, "Cumadh Uachdaranachd na h-Eaglais Phresbitirianaich," agus "Seoladh airson Aoradh Follaiseach Dhe," 's a tha air an leantuinn leis an Eaglais ann an Alba.

Uaidhe so feudaidh sinn fhaicinn gu bheil "Bonn an Aonaidh ri fagail lan chothrom aig buill na h-Eaglais agus aig an Eaglais mar eaglais air a bhi cho fireanta agus cho naomh's a tha na scriobturan ri teagasg. Agus mur bi e mar sin cha 'n ann aig a Bhonn s' a bhios a choire.

Tha an Eaglais Phresbitirianach an Canada, mar so ullaichte airson obair an t-soisgeil agus cha 'n eil uaithe, fuidh bheanached Dhe, ach luchd obair dhileas a thuigeas agus a dhoibricheas a riaghailtean, airson gun soirbhich i. Ach fathast feumar focal a radha ris a mhuinntir a bha teagasg do dhaoine gun do dhatharraich an Eaglais Phresbitirianach an Canada, Leabhar Aidmheil a Chreideamh agus cuid a chaidh eadhon cho fada agus a radh gun do rinn i leabhar ur dhi fein. Feumaidh e bhi gu bheil ro bheag feagail air a leithid so airson a bhi teagasg na'm breug, agus gu bheil beachd ro aineolach aca air an t-sluagh, no, gu bheil iad narach aineolach iad fein. An aite sin tha e dearbh-ta nach do chuir an Eaglais an Canada Leabhar Creideamh a riamh ann an clobhualadh air a son fein do sheorsa sam bith agus nach robh fathast aon air a chlobhualadh ann an Canada. Na tha aig buill na h-Eaglais anns an duthaich so 's ann a tha iad ri tighinn a Alba agus as na Staitean dhe na leabhrachean a tha air an clobhualadh airson nan Eaglaisean Presbitirianach anns na duchannan sin fein.

'N uair a chaidh cuid do'n luchd teagaisg ud a chur gu dearbhadh airson am briadhran dheuch iad ri iad

fein fhireanachadh air bhonn-mhinich a chuir an Eaglais air mar a tha i gu bhi tuigsinn Leabhar Aidmheil a Chreideamh mu thimchioll coir an Uachdarain Shiobhalta an riaghlaigh na h-Eaglais. 'S e sin nach eil e gu bhi air a chumail mar ri toirt ughdarras sam bith (anns a phuinc so) "do phrionnsapal no beachd 's am bith nach bheil ri cochordadh ri *lan shaorsuinn coguis ann an gnodhuichead na diadhachd.*"

Tha e na aobhar naire mor do luchd teagascg sam bith a bhi cur sluaigh a tha 'm feum an seolaidh a null 's a nall air na puinceansa. Ach cha chan mi tuilleadh ach so :

A shluagh ionmhuinn Chanada, nach eil sibhse gu leir toileach air aontachadh ris an Eaglais air a phuinc so? Co agaibh a tha toileach air fhangail ann an laimh an uachdarain thimeil cothrom a thighinn a steach do ar 'n eaglaisean agus lagh a chur oirbh airson aoradh a thoirt do Dhia mar a their esan ribh; agus cha 'n ann mar a bhios 'ur solus agus 'ur coguis fein ri seoladh dhuibh a reir na firinn?

'N uair a bhios *Magistrate* 's an aite agaibh nach eil ri creiedsinn nar n-eaglais idir, mar is tric a tha, am bheil sibh toileach air riaghlaigh 'ur 'n aoraidh 's ur coithional a bhi na laimh?

Cuimhnichibh gur ann ri deanamh coir air a sin a bha na Persianaich 'n uair a chuir iad Daniel do gharadh na 'n leomhann a chionn nach deanadh a aoradh do'n Righ mar a Dhia, 's cuimhnichibh gur ann ri deanamh coir air a chumhachd cheudna bha Righ

Seumas an uair a chuir e Claverhouse fuiteach air obair le shaighdearan gu thoirt air Presbitirianaich Alba tionndadh ris an Eaglais Shasunnaich a chionn gur i a roghnuich e fein !

Agus cuimhnichibh gur ann leis a chumhachd cheudna a bha ministeirean air an cur air coithionalan ann an Alba le beugalaidean na'n saighdearan ! Agus thugaibh gloir do Dhia nach eil Uachdaranaachd Chanada ri gabhail gnodhuich a nis ri riaghladh eaglais sam bith ach ri fagail an t-sluaigh uile gu aoradh a thort do Dhia a reir an soluis agus saorsuinn an coguis fein ! Agus neartaicheadh e sibh gu bheil Uachdaranaachd Chanada ceangailte gu ar dion anns an t-saorsninn sin mar 'ur coraichean laghail mar Bhreatannaich gun chlaon bhaigh ri luchd eaglais seach luchd eaglais !

A CHRIOCH.



CLANN ANN AN NEAMH.

(Continued from page 64.)

An trusga'n aillidh, geal, gun spot,
 Faic gach aon duibh erodaicht ;
 Ri tamh an solus siorruidh fad,
 Le solais neosheargaicht—Ri seinn &c.

Ciod thug iad sud do'n ait cho ard
 An neamh tha dealraicht breagh ;
 Far 'eil uil' aoibhneas, sith 'us gradh
 Ce, 'n sud, mar thainig iad ?—Ri seinn &c.

A chionn gun d' dhoirt 'm Fear-saoraidh fhuil
 Gu glanadh 'm peacaidh uadh ;
 Night' 's an fhuil, tha fiorghlan, priseil,
 Feuch iad, geal, glan gu buan.

Air 'n talamh dhiarr iad Criosc 's a ghras,
 Air 'n talamh ghradhaich 'd ainm—
 Mar so nis chi iad aghaidh ghraidh
 'S sheas iad an lathair 'n Uain.

CRAOBH-SGAOILEADH SOISGEUL CHRIOSDA.

Bho bheanntan dheidhean Ghreenland ;
 Bho thir na'n Innsean cein ;
 Bho Africa, an tir ud
 Bheil or 's a ghainneamh fein ;
 Bho iomadh abhuinn sinnsear,
 'Us iomadh comhnurd pailm—
 Dh-fheuch an saor sinr an tir ac
 Bho mhearachd—tha 'd dha 'r gairm.

Ciod ged tha goadhan spiosraidh
 Air Silon (Ceylon) seideadh seamh ;
 'S gach sealladh dheth cho priseil ;
 Ach 'n duine truaillidh mhain.
 An diomhain, le pailt chaoimhneas,
 Tha gibhtean Dhe dhoibh saor ;
 'M fineach dall, na dhorchadas,
 Tha g-aoradh chloich 's a dh-fhiodh.

An urrainn sinn tha soills'te
 Le gliocas bho na h-aird,
 Do dhaoine 'n dorch na h-oidhche
 Fior lochran na beath' aich 'dh;
 Slainte shaor, oh ! slainte shaor—
 'N fhuaim aoibhneach cuir an ceil ;
 Gus gach cinneach air gach taobh
 'N ionnsuich ainm Ios' iad fein.

Seid, seid a ghaoth an naigheachd
 'S giulainibhs' uisgean I
 Gus cosmhuil ri cuan gloire
 'N sgaoil I gu crich gach tir
 Gus thairis air 'n t-sluagh shaorte
 An t-Uan bha aon uair ceusd',
 Fear-saoraidh, Righ, an Cruthaidhfheár
 An sonus, rioghaich E.

MU THOGAIL NA H-EAGLAIS.

[Oran coghairdeachais air coinneamh a bha cruinn airson comhnadh a dheanamh le togail na h-Eaglais aig Loch Megantic—Le Domhnall S. McLeod.]

Fhior chairdean an tionail s, tha mise na 'r gaol,
 Chionn blaths 'ur cochruinnich, 'n diugh tional do'r
 maoin
 Thoirt lamh chuidich dhuinne, th' anns choille muigh
 sgaoint,
 Chum eolas na Trionaid bhi riaghladh ar saogh'l.

Chorus—O ho! cha 'n urrainn mi fuireachd na m'
 thamh,
 Cha 'n urrainn mi sgur ach ri misneach-
 adh chaich,
 'S bho thoisich sinn 'n Eaglais, aig ceann
 tigh Mhic Ca'ih.
 Tha m' chridh' air ur lionadh bhi gniom-
 hach a ghnath.

'N uair thoisich sinn 'n Eaglais, le dichioll gun ghruaim,
 Bha cuid ann fuidh mhi-cheist nach deidheadh i suas,
 Aig lughad ar n-aireamh, 's inni chail g-iarruidh buaidh—
 G'radh "c' uig tha sibh gorach 's gun or aig an t-sluagh."

Ach thaobh 's gu'n robh cuid dhinn a dheonaich gun
 truas,

An Anntoil a sgiursadh 's Mi-churam a ruaig ;
 'Us seirbhaisich ur chur na'n iuil ains a chruas—
 'S iad Tapachd 'us Dichioll le michuis gu buaidh.

Leis charaid so 'n cleachdadhl chaidh smachd chur air
 suain ;

Chaidh beo anns na bacaich 's fir thapaidl air għluas'd—
 'S cha bu deonach le mac gu n' bhi mach aig an uair
 Gus 'm facas tolinntinn cur loinn air an t-sluagh.

Bho dhoimhne mo dhurachd, rinn mise cruaidl spairn ;
 Mar neach deanamh caoimhneas, ri eolaich 's luchd
 daimh ;

Mar neach deanamh dichioll gu direadh bho 'n eug—
 Bha mis', le tolinntinn, cur m' innleachd an ceil.

Le modhachadh dludh air ar n' aireamh bhi gann ;
 S ar sporain cho eudrom s gur gann bheir iad gleang,
 Air a inheidh aig gach deuchainn—tha g-iarruidh bhi
 trom—

Oh ! cuidicheadh gaol sinn mu 'm bi 'r saothair na
 moll.

Ach 's boidheach a chomain bhi ann an so 'n trath s' ;
 S gach gnuis tha mu m' choinneamh ri nochdad
 dhuinn daimh ;
 Le 'r n-airgiod na m' sporan—'s e cheud chuid chaidh
 cruinn—
 'S ma 's deonach le Dia e 'se 'r miann gu'n deid leinn !

Ceud taing tha dhuibh uile, mil' urram 'us cliu ;
 Thug coinneanh an diugh dhuinn, 's an tigh so, maraon,
 Le 'r cridheachan fosgaitl 's bhur dorlaichean sgaoilt,
 Gradha ruinn bidhibh treun, tha sinn fein ri 'r taobh !

[Bha na roinn a leanas air an deanamh le Seoras Stuart, Eillteir, aig Loch Megantic, sa bhasaich July, 1877, air a cheud uair a chaidh e do dh-eaglais phapanach.]

'N uair dhamhaire mi thairis air obair do lamh ;
 Tha cuid air am mealladh le iodhalan pap,
 Troimh uisgeachan salach cha 'n urrainn iad snainh—
 Mur sin Thu do lamh dha 'n ionnsuidh.

'N uair chunnaic mi 'n doighean cha d' chord iad rium
 fein,
 Tha 'n deilbhean gun chlaistneachd 's gun anail na 'n
 cre.
 Tha 'm mealltair dha 'm mealladh 's dha 'n dalladh gun
 leus
 Mar shionnach gun fheum na chubaid.

Gu 'm pilleadh Tu dhachaидh an dream a tha cailt,
 Air secharan chaидh iad le namhaid ro mhilt ;
 'Us choidil 's an fhasach fuidh ghabhadh na h-oidhch'
 'S gu 'n chumhachd a chaoidh cha dhuisg iad.

Ierusalem fathast gu 'n daingnich Thu fein,
 Na cliu air an talamh na maise na 'n neamh,
 Na grein 's na gealaich, toirt, soluis na a speur—
 Gus 'n tig iad gu leir dha d' ionnsuidh.

Gu'n cluinneadh iad caismeachd mus eubhar an call,
 'S mus loisgear an talamh gach coille agus crann ;
 'S gu 'n teich iad gu sgeirean 's gu creagan na 'm
 beann
 Gu folach an cinn bho d' ghnuis sa.



FADACHD AS DEIGH NA DUCHA BHO N D'
THAINIG E. LE SEORAS STUART.

'S trom an t-eall'ch an gradh gun a chusp'r na phairt,
Tha mulad 'us craidh gu leor ann ;
Mar naoidhean gun mhath'r, ri g-iarruidh bho chach
Na'n ciocan thug dhasan solas.
Tha tart air a ghnath airson uisg' chan slaint,
Gun neach ann bheir dha ri 'n ol iad ;
Gu'n cluinn mi e gradh " gun agam do phairt
'Us m' anam air fas ro bhronach."

Chorus—'S e buaidh a chreideamh, se buaidh a chreid-eamh,
'S e buaidh a chreideamh 's an dochais !
Tha samhradh soilleir ri dealradh troimhe
Toirt buaidh le aiteamh air roiteachd.

'S truagh nach mise bha thall 'n duthaich na 'm beann
Fa 'n d' fhuair mi toilinntinn m' oige ;
Far 'n eireadh a ghrian 's an dealradh na rialt—
Le solus bho Dhia na'n lochrain.
Chith'nn buidhnean de n' chloinn a sheinneadh na
roinn,
Le moladh gu binn na'n seomraibh,
'S bhiodh teachdraichean Chriosd cur neart ann na 'm
miann
'S dha 'n tarruing na'n lion gu trocail.

Chrion shearg mo mhais 's mo sgeimh 's an earrach gun
ghrein

Cha robh gealach no reult 'r lorg ann,

Dhorchaich aghaidh na'n speur dh-fhas 'd dulaidh g'
leir,

Le frasan bha geur us gailbheann.

Thuirt na sionnaich 's na h-eoin "nis idheamaid feoil,
Tha 'n t-anam so leoint 's gun armachd.

S ma gheibh sinne air coir, dha cheangal le cord,
Bidh againn air seoin dha mharbhadh."

'S truagh nach mise bha 'n drast ann an comunn na'm
braithrean ;

Mar a rinn Ionatan 's Daibhidh cumhnant,

Leam bu ghoirid gach la gu feasgar nan trath

Le cuid dhe mo chairdean dluth dhomh ;

Ach bho dhfhailing an gradh a chuir aiteas air cach,

Tha mise na mo thamh is fuidh thursa ;

Dhoirt tuiltean "Gleann Baca" a steachair mo shail,

'S eascreideamh ri gradh' thoir cul dha.



CANADA.

O ! 's duthaich bhoidheach Canada
 Le beanntan, gleanntan 's coilltean ard ;
 Le lochan uisge, beag 'us mor,
 'Us aimhnichean, le bric gu leor ;
 Seadh 's *prairies* fharsuing s raointean treapht'
 De chruithneachd, 's caochlaidh shiol 's fheoir;
 'Us craobhan meas de chaochladh seors
 'S tha sithein (*flowers*), ann 'sam planntan ros:
Fonn—Oh ! togaibh suas le moladh ard,
 An duthaich bhoidheach Canada ;
 'S cuiribh an ceil e anns gach ait
 Gur maith an t-aite Canada !

'S duthaich bhoidheach Canada 's fior,
 Le beanntan, gleanntan 's coilltean breagh,
 Le fearuinn mhor 'us bheartach ann,
 An ordugh maith bho cheann gu ceann,
 Le raointean treabhta leis a chrann
 'Us garaidh mhaith dha 'n gleidheadh treang,
 'Us fearuinn ur dha 'n deanamh glan
 Bho choilltean, stumpan 'us cuid chlach.

Tha duthaich bhreagha 'n Canada,
 Le sealltuinn thairis orr 's gach ait ;
 Le craobhan cur ri taobh na'n rod,
 'San aitean eil', mar 's fearr a chord,

Tha 's chraobh shiucair air arr toiseach
 'Sgaoileadh meoir cho gorm 'scho dosrach,
 'S tha seudair's balsam, gorm gach re,
 Ri cur am barrachd mais iad fein.

O! 'S duthaich bhreagha Canada
 Le craobhan meas an liosan ailt ;
 Oir liosan ailt tha ann gu leor,
 'An coir nan tighean, mar bu choir,
 'Sam bheil ri fas gach iomadh por
 A bheir do dhaoine taitneas mor
 Seadh dha 'n ithe 's dha 'm faicinn cho breagh,
 'S cur 'n tuilleadh gloir air cruidheachd Dhia.

Is duthaich ordeil Canada
 Le bailtean mor 'us beag mar tha—
 Cuid troimh 'n duthaich 's cuid ri uisg—
 Ri lochan, aimhnichean 's ri muir.

Tha cuid air comhnard 's cuid air enuic.
 'S iad beagan diubh a tha 's na sluic.
 'S tha luchairt annt tha aluinn fior,
 'S iad ann an ordugh anabharr breagh,

'S i 'n duthaich shnasail Canada
 Le tighean mor 'us beag nan ait,
 Tha cuid diubh mor 'us cuid diubh beag ;
 'S mur creid thu mise thig 'us faic.
 'S iad ann an ordugh reir na gnath,
 Le mnathan tigh 's na nighnean ac,
 Dha'n cumail snasail glan air doigh,
 Mar dhachaидh chomhfhurtail reir coir.

'S duthaich comhfhurtachd Canada
 Tha lón innt pailteas, 's tighean maith.
A tha 'n deadh ordugh shios 'us shuas,
 Bho lut gu closaid fad na cuairt
 Bho na pharlor gu gach seomar—
 'S cuid le sithein bhreagh 's na seomair,
 'S anns na h-uinneagan, cho boidheach,
 'S na mnathan 's oighean dha 'n cinn eolach.

Is duthaich boidheach Canada;
 'S tha i nis boidhche thaobh cuid mhnath'n—
 Le mathraichean tha glic us grinn,
 Gu teaghlaich thogail snasail innt;
 Le ciall 'us eolas thogas clann,
 'S le deadh eiseimpleir air an ceann:
 'S am mic 's an oighean eiridh suas,
 An Canada nan sluagh deadh bhuaidh.

Oh! 's duthaich ghaisgeil Canada
 'S tha i nis gaisgeil thaobh a mac
 Tha g-eiridh suas le uaisleachd feachd,
 Choinnicheas ceart na h-uile bhios teachd,
 'S le dichioll cuiridh iad an ruaig,
 Air goinne dh' eideadh 's bidh tha cruaidh,
 'S air naimhdean olc—'s le beannachd Dhe,—
 Eiridh iad suas am beartas reith.

'S i duthaich mhaith tha 'n Canada;
 'S tha i nis fearr a thaobh cuid mhac—
 Cuid tha glic an gnothuich na tir
 'S a pharlamaid, 's gach cuirt fuidhn righ—

Cuid sgileir glic na'n gnodhuichean fein—
 Cur fearuinn, stoc, 'us stoir gu feum,
 'S cuid le foghlum mor nan cinn,
 Mar Doctor Dawson, 'n Criosduidh grinn.

'S duthaich bhoidheach Canada, 's cinnt
 Le maighdinn innt tha critheil grinn
 'S iad eolach, ealanta, le 'n laimh,
 Nigheanan bainnd gun uaill gun sgraing,
 Tha modhail, beusach, 's gleusd, reir coir,
 'S tomhas nair annt, reir gnath dheadh oigh,
 'S cuid sochair shlainteil—maith do 'n t-sluagh;
 Ach onair ard dha 'n togail suas.

'S cuid diubh foghlumte 'n caochladh chainnt,
 'S an nithean eile, feumail doibh—
 Tha aireamh mhor diubh teagasg sgoil
 Tabhairt foghlum do dh-oigridh eil?
 'S tha cuid diubh ann le guth ro bhinn,
 A ni ro mhaith na sailm a sheinn,
 'S a thogas fuinn gu ceolmhor ard,
 'S an aoradh fhollais—'s anns gach ait.

'S tha cuid diubh chluicheas maith air teud,
 An cruinneach comuinn no 'n tigh fein,
 Na 'n seomair shnaight 'le 'n cuirtein ghrinn,
 Air organ no pihana binn
 Ri togail suas ro mhaith na 'm fonn,
 A thogas fonn air cridhe trom,
 'S le guth 's le ceol an ceann a cheil
 'S ro mhilis gleusd a'n ceol ni iad.

'S ge d' nach eil aig cuid cothrom ard,
 Tha iad gu dichiollach na 'n ait'—
 Caoimhneil, beusach, reir an naduir,
 Modhail, stuama, mar ri 'm mathair
 'S a deanamh blaths le 'n nadur reith—
 Ri cur ri comfhurtachd nan ceud—
 S' le 'n cridhealachd, 'us onair ard,
 Ri' cur ri solas ann do chach.

Ach shaoil mis aon chluinntinn feorach;
 Nach eil luid ann no te ghorach
 No te shradach brais an comhradh
 Crosd ri nabuidh 's nach gabh comhairl,
 Nach cuir tigh no baile 'n ordugh
 Ged is fuaimil i na doighean
 Mhilleas sith, mar chnuith na d' chomhfhurt
 'S nach dug taobh do dh' aithne Phoil dhoibh ?

'S nach eil slaodag ann 's droch cocair,
 Mhilleas biadh, ge d' b' fhiach e 'n t-or dhuit;
 Gus an stamac 'n deid as ordugh
 'S gus am fas i cheart cho gorach
 'S nach dean biadh no deoch i doigheil,
 Gus am millear do chorp feola.
 'S nach bi beath ann mar bu choir dha,
 Ach ri failing sios do 'n t-sloc ud ?

So mo fhreagart, 's tha mi deonach;
 Ge d' dh-fheud cuid bhi ann de 'n t-seors ud;
 Dhe na bha 'n sud 's nach robh eolach,
 Gu 'n tig iadsan gu bhi meorach,



Agus tha sinn glacàdh dochais
 Gu 'm bi leithid iarruidh eolais
 'S nach bi aon gun eolas ann
 'Seachd nach eil cothrom foghlum gann.

Tha cothrom foghlum 'n Canada—
 Tha sgoilean pailt innt anns gach ait,
 Aig bochd 's aig beartaich an aon doigh,
 Le lagh dha bhagradh, mar a deoin,
 'S tha muinntir teagaisg ann tha treun,
 Do dh-fhirionnaich 's do *ladies* ghleust,
 'S chaidh dearbhadh orr le lagh an righ
 Gu 'n teagaisg iad deadh sgoil le brigh.

'S tha ni eile dh-fheumar chuimhneach
 A tha 'n Canada ro aoibhneach
 'Se sin na tha chlobhualadh ann
 Craobh-sgaoileadh leughaidh maith do chloinn
 'S do dhaoine mora mar an ceud-n'
 Ri cur ri eolas dhoibh gu leir.
 'S tha paipeir naigheachd pailteas ann
 'S leabhair sgoile gun a bhi gann.

Seadh 's duthaich bheartach Canada;
 Tha i eadhon sin mar a tha,
 Ged nach eil i fathast ach og,
 A beartas chaidh a meud gu mor;
 Le fearuinn, stoir 'us bancaichean,
 Le muillean, factries 's bataichean;
 Caoirich, eich 'us moran spreidh
 'S tha moran ann de shealg, le feidh.

Oh! 's duthaich shaoibhir Canada,
 A mheud air fad co 's urrainn ghradh;
 Le meinnean airgid agus oir,
 Copair, iaruinn, 'us gual gu leor
 'S tha fiodhan ann de dh-iomadh seors,
 Nach gabh an so an aireamh dhomhs',
 Ni tighean 's loingneas chur air doigh
 'S tha nithean eile pait na stoir.

'S duthaich fharsuing tha 'n Canada
 Do mhilltean milltean taobh gach aird
 Bho 'n Atlantic air 'n taobh 'n ear
 Gu cuan Pacific 'n iar 's Alask'
 'S bho na Staidean an taobh deas
 'S Cho fada tuath 's a fhuaireadh fios—
 Gus Phola Tuath, 's an Antarctic,
 Ri g-iarruidh suas a chuaidh Franklin.

Is duthaich fharsuing Canada
 'S i fosgladh suas gu luath 's gach aird
 Le roidean mor do dh-cich 's do dhaoin
 'Us railroadan do dhiomadh taobh;
 Seadh 's bataichean tha luath 'us breagh',
 Le comhfhurtachd do righ 's da thriall,
 'S am bochd cho maith gheibh aiseag leo,
 Air lochan 's aimhnichean gu leor.

'S tha amhuinn mhór Saint Lawrence ann.
 Ri ruith cho fad bho bun gu ceann,
 Fad cheudan, ceudan 's ceudan eil,
 De mhilltean astair le beag sgeir,

Troimh lochan mor Superior,
 Huron, Erie 's Ontario—
 Lochan ro mhor 'us ainmeil ann
 'S tha lochan eile cur nan ceann.

Mar so tha 'n amhuinn ud gle mhor,
 'S i ruith gu cuan Atlantic mhor,
 'S ri giulain loingeis mhor a chuain
 Gu Montreal 's nis faide suas;
 'S tha amhuinn Ottawa na ceann,
 Ri tighinn bho Ottawa na teann,
 'S i giulain fiodha pait gu leor
 'Us bataichean gu marcaid bheo.

'S tha moran eile dh-aimhnichean ann
 An Canada bho cheann gu ceann;
 Ruith milltean de mhilltean le 'm fad,
 Troimh thir fharsuing, nach gabb 'n so ghrath,
 Tha mor gu leor gu seoladh bat,
 Troimh 'n duthaich mhoirs', bho ait gu ait—
 'N Amhuinn Dearg, Saskatchewan, Peace
 Le English, Fraser, 's Mackenzie.

'S tha loch *Winnipeg* ann gle mhor,
 'S loch *Manitoba*, faisg na coir,
 Ghiulaineas bat le lan gu feum—
 Bho 'n ear 's bho 'n iar gu Hudson's Bay.
 Mar so gabh beachd air meud na duch'
 Tha 'n Canada—'s i fuidh na chrun—
 Fuidh lagh righ Bhreatuinn a tha thall
 Taobh 'n ear Atlantic, 's nach eil fealls.

'S 's i Bhanrighinn choir *Victoria*
 Tha nis fuidhn chrun, 's ro mhaith a tha
 'S cha 'n eagal ceartas dhuinn gu brach
 Fhads theid a toilse ruinn a ghradh
 'S oh! gu ma fada mhaireas i beo,
 Fuidh 'n chrun rioghail, 's slat righ na dorm,
 Air cathair Bhreatuinn—'s ri'st gu 'n toir
 Iosa, righse, leis i gu ghloir.

'S tha ioghnaidhean an Canada,
 Mar a tha Niagara Falls—
 Tha ainmeil anns 'n t-saoghal gu leir
 Os cionn gach struth a thuit le creig—
 Tha milltean sluaigh, bho 'n t-saogh'l mun cuairt,
 Tigh 'nn dh-fhaicinn 'St Lawrence fada shuas—
 Dol sios Niagara le creig,
 Mu cheud troidh 's tri fichead 's a deich!

'S i duthaich mhaith tha 'n Canada
 Le moran sluaigh innt as gach ait—
 Do Ghaidhil, Goill, 'us Sasunnaich,
 'Us Frangaich ait, 'us Eirionnaich—
 Gearmailtich, Duitsich 's cuid bho 'n Roimh.
 Us bho gach cinneach 's an Roinn Eorp'—
 Bho *Africa* 's an Asia mhor,
 Le Innseanaich Ameireacaidh bhos.

Ni iad sud suas aon sluagh ro ghleusd,
 'N uair theid iad uile 'n ceann a cheil;
 Le gliocas gach aon sluagh fa leth
 An ceann a cheile deanamh treis—

'S nuair theid iad uile 'n ceann a cheil,
 Mar bhraithrean fuidh 'n aon bhrataich ghleusd,
 'S ro mhaith a chumas iadsan suas
 An cuid don rioghachd, le neart buaidh.

'S tha Gaidheil Alb' gle lionmhор ann;
 Gheibhear iadsan bho cheann gu cean;
 Bho Ceap Breatainn 's an taobh 'n ear
 Gu Vancouver air an taobh 'n iar
 'S cuid nach eil fann an deanamh feum—
 'N obair aitich—'s Parlamaid fein—
 'S dol air thoiseach 'n gnodhuichean ard,—
 Am foghlum eaglais 's lagh na Stait.

Ach oh! tha tuilleadh ann de rum,
 'N Canada fath'st a nall 's a null—
 Seadh ceudan milltean, gheibh innt ait
 A thuilleadh air na th'innt an drast.
 'S thigibh, thigibh—mar is luaithe
 'S ann is fearr a bhios ar buaidh innt!
 'S ma bhios sibh tapaidh, mar bu choir,
 Le dichioll grinn is cinnt bi-beo.

DO 'N EAGLAIS AN CANADA.

'S oh! Eaglais Chriosd an Canada,
 Togsa suas do ghuth gu h-ard,
 'S cuir soisgeul siorruidh Chriosd an ceil,
 Do pheacaich thruagh, mus deid iad eug:
 Suidhich do theachdraichean 's gach ait—
 'S gach baile mor 'us beag 's gach ard—
 'S air 'n duthaich aitichte mn 'n cuairt—
 Do 'n t-sluagh 's a choille 's do gach sluagh.

Fonn—'S E Iosa Criosa Fear ar graidh;
 Oh! pillibh Rissan as gach ait;
 Air beag no mor cha dean e tair,—
 'S oh! thug E gradh do Chanada!

Mar so cuir thusa nise 'm feum,
 Na comuis uil' thug Dia dhuit fein—
 Cuimhnich an aithne labhair Ios'
 'N uair dheirich E bho 'n uaigh a nios;
 A shoisgeul gloirmhor chur an ceil
 Do gach cinneach tha fuidhn gheuin—
 'S gabh greim dhe ghealladh siorruidh dhuits,
 Nach treig E thu 's gu sior nach tuit.

Faic meud na raoin tha 'n Canada.
 Faic nis an sluagh tha innt mar tha
 Gus 'n toirt gu Criod le lion a ghraidh
 Gus 'm bi E dhoibh mar Righ 's mar Fhaith,

'S mar Shagairt ard an cuirt na 'n neamh
 'S iad fein mar shluagh, toirt Dhasan ceil
 'Us gloir, le speis dha lagh tha ard,
 'S iad reir sin beannacht anns gach cearn.

Cuimhnich an sluagh a shuidh as ur,
 'S na dichuimhnich iadsan codhiu,
 Ge d' a bhiodh iad fad air chul
 'S a choille dluth orr air gach taobh,
 'S gle thric is toileach leo, le gradh,
 Bhi faicinn teachdairean na slaint,
 Ri tigh'nn dha 'm faicinn anns an ait
 Na shuidhich lamh an fhreasdail iad.

'Us cuimhnich ann an Canada
 Gu bheil na *settlements* ur a fas
 'S ri tigh'nn gu bhi na'n sean ait
 An uine ghearr an Canada
 'S gur iad na coithionail bha ur
 Tha nise sean air feedh na duch'
 'S gur maith a bhuineas dhoibhs' codhiu
 Bhi cuimhneach air na h-aitean ur.

'S cuimhnich mur seallar orr' an trath,
 Am feedh a bhios na freumhan blath,
 Gu bhi ri cumail sios droch fhais
 Gur maith a dh-fhasas peacaidh brais;
 Ach ma bhios siol na rioghachd ard
 Air chur 's an fhonn air tus an la
 'Se 'n dochas 'us an gealladh dha
 Gur dualach fas, air, toradh maith.

'S Cuimhnich gu 'm feud cuid bhi ann
 Ri g-osnaich 'us an cridhe fann
 Airson an cothrom bhi cho gann
 Gu cluinntinn rann—'s an soisgeul glan.
 'Us ge d' bhios cuid ann ro mhegh-bhlath
 'Us eillteirean air ro bheag grais,
 Na n ceapan-tuislidh, 's ro leam leat,
 Na caills' do mhisneachd 's na fas lag.

Faic aon tigh aoraidh anns gach ait
 'S an coir a dh-aon a bhi le ceart
 Gus 'n cruinnich annta clann nan gras.
 'S a chuid gun ghras gun tig ort faisg,
 Suithich na coithionalan slan
 Le aon eaglais a mhain, gach fear
 'S an sluagh ri cruinneach' as gach cearn
 Fada gu leor gu 'n lionadh lan.

'N sin cha bhi dha no tri dh' eaglais ann
 Ri connspaid ghranda fuidhn' aon cheann,
 Gradh gu 'n robh 'n searmon fad' no gann
 Aig a h-aon seach t' eile bh' ann
 No gu 'm bi teaghlaich ceangailt ri aon
 B'fhearr a dh-fiosraich e no air 'n taobhs'.
 Ach cleachdaidh iad gach cearn le cheil
 Thigh'nn 'n ceann a cheil mar bhrathr'n gu leir.
 'Seadh 'n ceann a cheil 'mar shluagh Mhic Dhe,
 'San ceann a cheil mar aon sluagh Dhe
 'S iad ri co-obair anns gach ceum
 Gu togail snas na rioghachd treun;

'S nach bi gach pairtidh bheag 'sgach oisean,
 G' iarruidh eaglais bheag na'n dorus
 Far nach cruinnich moran cuideachd
 Fuidh 'n aon searmon dh-eisdeachd 'n t-soisgeil,
 Far nach cruinnich moran comhladh
 'Snach urrainn iad paidheadh costuis
 Gun dha, tri 's corr dhin chur comhladh
 Chionn nach d' shuidhich iad ceart n toiseach
 'Sged bhios, ministeir na threotan
 Eadar beagan anns gach oisean
 Cha'n fhurast dha 'n deanamh toilicht
 No gach pairt diubh chumail cordte.
 'S Cuimhnich a chlann tha fathast og
 'S cuir sgoilcan Sabaid doibh air doigh
 'S cleachd gach meathon th' aig Dia, mar d' choir,
 Gu'n seol gu Criod an la na h-oig.
 Treoraich iad 's an t-slighe tha maith.
 'S gu 'n gluais iad innte fad am beath,
 'S bho 'n uisge bheatha dean an dion,
 'S gach slighe pheacach bheir iad sios.
 'S a theachdraichean Chriosd, dha 'n tug E,
 'N sgeul tha aoibhneach gu cur an ceil,
 Imichibhse gach taobh mu 'n cuairt
 A shireadh a mach co ceile 'n Uain.
 Siribh gu min 'm measg beag 'us mor;
 Siribh gu min 'm measg scan 'us og—
 Siribh 's a bhaile, 's a choille 's na stoir,
 'M measg bhochdan 's bheartach mar is coir.

Lorgaibh iad le gean na ar doigh
 'S deanaibh caoidh no gairdeachas leo,
 Mar 's feumail doibh bhi gean no ri bron,
 Pairtichibh roinn gach naomh, de 'n lon.
 'S codhiu 's cuilc bhruit 'no 'n smuid a th' ann,
 Na brist 's na much aon diubh, ged fann,
 Ach reir teagascg Spiorad na'n gras,
 'S an cordadh Ris, thoir dhoibh an trath.

Oh! na biodh gleann 'us na biodh beann,
 An Canada bho cheann gu ceann,
 No comhnurd ann, nach iarr sibh teann,
 Ach 'm faigh sibh mach gach anam th' ann
 'S gach peacach fann a gheibh sibh beo
 Innisibh dha mu Chriosd 's mu ghloir
 'S mu 'n t-slainte mhor a dhoibrich E,
 Tha saoradh pheacach suas bho 'n eug.

Na biodh sean no og an *shanty*
 No 'n tigh mor air tuath no 'm baile
 No aon tinn no sios air leabaidh.
 No neach fann le cridhe 'n ansith
 No ri bron 's e g-iarruidh comhfurt
 No an teinn ri g-iarruidh fosgaitl
 No neach ann do 'n bhas bhios faguisg
 Do nach dean sibh Criosd a theagaisg.

Siribh a mach cia lion tha beo,
 Troimh Iosa Criosda, 's canaibh leo,
 A reir mar dh-iarras iad 's an fheoil:
 Bhi beachd air Criosd na bheath 's na ghloir,—

'S leis a chuid eile deanaibh bron,
 'S bibh guidhe ri Dia gu 'n tig iad beo,
 'S ri strith riu fein, ach 'n eisd iad ruibh,
 Gu teich gu neamh bho bhrón's bho chaoidh.

Mar so biodh Criosa, Righ na'n righ!
 An Canada 'os cionn an righ;
 'S na h-uile h-urram agus gloir
 Dha lagh 's dha ainm innt, mar is coir;
 Air aideachadh leis 'n t-sluagh gu leir
 'S le uachdarain na tir le' cheil,—
 'S righ Bhreatuinn g-amharc Ris mar a Righ,—
 'S biodh Criosa'os cionn gach neach ach an TRI!

'S oh! a Thighearn' Iosa Criosa,
 Aon ungte Dhe mar Righ gu sior,
 Cuir Thusa mach do chumhachd treun,
 'S le buaidh d' fhocail bean ris na sleibh,
 Oir thu'irt thu fein nach bidheadh buaidh
 As d' eugmhais sa le aon de 'n t-sluagh;
 Thoir Ceapan-tuislidh as an rod,
 'S na d' eaglais 'n so biodh agads' gloir.

Amen agus amen.

A CHRIOCH.

THE NATIONAL ANTHEM.

PARAPHRASED AND TRANSLATED.

Dhe saor ar Banrighinn ghras 'l
 Mair beo ar Banrighinn uas'l,
 Dhe saor a Bhanrighinn.
 'S O ! Cuir i gu buadhach,
 Sona 's gloirmhor uasal,
 Fad gu riaghladh suas oirn,
 Dhe saor a Bhanrighinn.

Eirich, Thighearn, ar Dia,
 'Sgap a naimhdean dian,
 'S leag iad le nair.
 Cuir bun os cionn am beachd :
 Cuir as do 'n caran olc :
 Orras' ar dochas leag ;
 Dhe saor a Bhanrighinn.

Do ghibhtean 's fearr nad' stor,
 Orrase toilich doirt,
 'S fad riogh'chadh i.
 Gu 'n dion i ar lagh dhuinn ;
 'S gun toir i aobhar chaoidh ;
 Le guth 's le cridh' bhi glaodh,
 Dhe saor a Bhanrighinn.

Oh ! treoraich Thusa ceum ;
 Cuir fair orr 's dion dhuinn fein ;
 Ar Banrighinn ghras'l.
 Cuir dearsadh do gach eridh',
 Do shoillse gloirmhor glioc's ;
 'S do Victorio bi d' Righ,
 Dhe saor a Bhanrighinn.

A Freer Version.

Dhe saor a Bhanrighinn dhuinn.
 Mair beo a Bhanrighinn dhuinn.
 Dhe saor i dhuinn.
 Cuir i gu solasach,
 Sona le gloirmhorachd,
 Fad gu riaghladh oirn 'n so ;
 Dhe saor i dhuinn.

Thighearn ar Dia eirich 's'
 'S gap a naimhdean treunsa,
 'S leag iad air ball.

Cuir sios an comhairl brist,
 'S air ais 'n droch innleachd nis,
 'S ar dochas innt nach clisg,
 Dhe saor a Bhanrighinn.

CANADA.—II.

'S oh ! Eaglais Chriosd an Canada,
 Togsa suas do ghuth gu h-ard,
 'S cuir soisgeul siorruidh Chriosd an ceil,
 Do pheacaich thruagh, mus deid iad eug ;
 Suidhich do theachdraidhean 's gach ait—
 'S gach baile mor 'us beag 's gach ard—
 'S air 'n duthaich aitichte mn 'n cuairt—
 Do 'n t-sluagh 's a choille 's do gach sluagh.

Fonn—'S E Iosa Criosda Fear ar graidh ;
 Oh ! pillibh Rissan as gach ait ;
 Air beag no mor cha dean e tair,—
 'S oh ! thug E gradh do Canada !

Mar so cuir thusa nise 'm feum,
 Na comuis uil' thug Dia dhuit fein—
 Cuimhnich an aithne labhair Ios'
 'N uair dheirich E bho 'n uaigh a nios ;
 A shoisgeul gloirmhor chur an ceil
 Do gach cinneach tha fuidhn ghrein—
 'S gabh greim dhe ghealladh siorruidh dhuits,
 Nach treig E thu 's gu sior nach tuit.

Faic meud na raoin tha 'n Canada,
 Faic nis an sluagh tha innt mar tha
 Gus n' toirt gu Criosd le lion a ghraidh
 Gus 'm bi E dhoibh mar Righ 's mar Fhaith,

'S mar Shagairt ard an cuirt na 'n neamh
 'S iad fein mar shluagh, toirt Dhasan ceil
 'Us gloir, le speis dha lagh tha ard,
 'S iad reir sin bcannaicht anns gach cearn.

Cuimhnich an sluagh a shuidh as ur,
 'S na dichuimhnich iadsan codhiu,
 Ge d' a bhiodh iad fad air chul
 'S a choille dluth orr air gach taobh,
 'S gle thric is toileach leo, le gradh,
 Bhi faicinn teachdairean na slaint,
 Ri tigh'nn dha 'm faicinn anns an ait
 Na shuidhich lamh an fhreasdail iad.

'Us cuimhnich ann an Canada
 Gu bheil na *settlements* ur a fas
 'S ri tigh'nn gu bhi na'n sean ait
 An uine ghearr an Canada.
 'S gur iad na coithionail bha ur
 Tha nise sean air feadh na duch',
 'S gur maith a bhuineas dhoibhs' codhiu
 Bhi cuimhneach air na h-aitean ur.

'S cuimhnich mur seallar orr' an trath,
 Am feadh a bhios na freumhan blath,
 Gu bhi ri cumail sios droch fhais
 Gur maith a dh-fhasas peacaidh brais ;
 Ach ma bhios siol na rioghachd ard
 Air chur 's an fhonn air tus an la
 'Se 'n dochas 'us an gealladh dha
 Gur dualach fas, air, toradh maith.

'S Cuimhnich gu 'm faod cuid bhi ann
 Ri g-osnaich 'us an cridhe fann
 Airson an cothrom bhi cho gann
 Gu cluinntinn rann—'s an soisgeul glan.
 'Us ge d' bhios cuid ann ro mhaogh-bhlath
 'Us eillteirean air ro bheag grais,
 Na n ceapan-tuislidh, 's ro leam-leat,
 Na caills' do mhisneachd 's na fas lag.

Faic aon tigh aoraidh anns gach ait
 'S an coir a dh-aon a bhi le ceart
 Gus 'n cruinnich annta clann nan gras.
 'S a chuid gun ghras gun tig ort faisg,
 Suithich na coithionalan slan
 Le aon eaglais 'm meathon gach fear
 'S an sluagh ri cruinneach as gach cearn
 Fada gu leor gu lionadh lan.

'N sin cha bhi dha no tri dh' eaglais ann
 Ri connspaid ghranda fuidhn' aon cheann,
 Gradh gu 'n robh 'n searmon fada no gann
 Aig a h-aon seach t' eile bha ann
 No gu 'm bi teaghlaich ceangailt ri aon
 Bfhearr a dh-fiosraich e no air 'n taobhs'.
 Ach cleachdaidh iad gach cearn le cheil
 Thigh'nú 'n ceann a cheil mar bhrathr'n gu leir.

Cuimhnich a chlann tha fathast og
 'S cuir sgoilcan Sabaid doibh air doigh,
 'S cleachd gach meathon thaig Dia mar d' choir,
 Gun seol gu Criod an la na h-oig.

Treoraich iad 's an t-slighe tha maith,
 'S gu 'n gluais iad innte fad am beath,
 'S bho 'n uisge-bheatha dean an dion
 'S gach slighe pheacach bheir iad sios.

'S a theachdraichean Chriosd, da 'n tug E,
 'N sgeul tha aoibhneach gu cur an ceil,
 Imichibhse gach taobh mu 'n cuairt
 A shireadh a mach co-cheile 'n Uain.
 Siribh gu min 'm measg beag 'us mor ;
 Siribh gu min 'm measg sean 'us og—
 Siribh 's a bhaile, 's a choille 's na stoir,
 'M measg bhochdan 'us bheartach mar is coir.

Lorgaibh iad le gean nà ar doigh
 'S deanaibh caoidh no gairdeachas leo
 Mar 's feumail doibh bhi gean no ri bron,
 Pairtichibh roinn gach naombh, de 'n lon.
 'S codhiu 's cuile bhruit no 'n smuid a th' ann,
 Na brist 's na much aon diubh, ged fann,
 Ach reir teagasg Spiorad na'n gras,
 'S an cordadh Ris, thoir dhoibh an trath.

Oh ! na biodh gleann 'us na biodh beann,
 An Canada bho cheann gu ceann,
 No comhnurd ann, nach iarr sibh teann,
 Ach 'm faigh sibh mach gach anam th' ann
 'S gach peacach fann a gheibh sibh beo
 Innisibh dha mu Chrisod 's mu ghloir
 'S mu 'n t-slainte mhor a dhoibrich E,
 Tha saoradh pheacach suas bho 'n eug.

Na biodh sean no og un *shanty*
 No 'n tigh mor air tuath no 'm baile
 No aon tinn no sios air leabaidh
 No neach fann le cridhe 'n ansith
 No ri bron 's e g-iarruidh comhfurt
 No an teinn ri g-iarruidh fosgait
 No neach ann do 'n bhas bhios faguisg
 Do nach dean sibh Criod a theagaisg.

Siribh a mach cia lion tha beo,
 Troimh Iosa Criod, 's canaibh leo,
 A reir mar dh-iarras iad 's an fheoil :
 Bhi beachd air Criod na bheath 's na ghloir,—
 'S leis a chuid eile deanaibh bron,
 'S bibh guidhe ri Dia gu 'n tig iad beo
 'S ri strith riu fein, ach 'n eisd iad ruibh,
 Gu teich gu neamh bho bhrön 's bho chaoidh.

Mar so biodh Criod, Righ na'n righ !
 An Canada 'os cionn an righ ;
 'S na h-uile h-urram agus gloir
 Dha lagh 's dha aimh innt, mar is coir ;
 Air aideachadh leis 'n t-sluagh gu leir
 'S le uachdarain na tir le cheil,—
 'S righ Bhreatuinn g-amhare Ris mar a Righ,—
 'S biodh Criod 'os cionn gach neach ach an TRI !
 'S oh ! a Thighearn' Iosa Criod,
 Aon ungte Dhe mar Righ gu soir,
 Cuir Thusa mach do chumhachd treum,
 'S le buaidh d' fhocail bean ris na sleibh,

Oir thu'irt thu fein nach bidheadh buaidh
 As d' eugmhais sa le aon de 'n t-sluagh ;
 Thoir Ceapan-tuislidh as an rod,
 'S na d' eaglais 'n so biodh agads' gloir.

AN CARAID IS FEARR.

FONN—‘What a friend we have in Jesus.’

Ciod an Caraid th'againn n' Iosa,
 Ghiulan dhuinn ar peacaidh 's broin ;
 Ciod an cothrom dhuinn bhi g-iaruidh
 Trocair Dhia an urnuigh bheo.
 'S cia tric a chaill sinn riamh ar sith
 'S nair bha pein nach feumt' dha' r leon,
 'S sin uile chionn nach d' ghiulain sinn
 Gach ni gu Dia 'n urnuigh bheo.

Againn am bheil deuchainn 's buairidh ;
 Am bheil trioblaid uair air bith ;
 Cha choir bhi dhi-misnich 'n uair sin
 Seall ri Criod gun dail air bith ;
 'M faigh sinn Caraid dhuinn cho dileas,
 Ni ar broin dhuinn uile ghiulain.
 'S aithne dh' Ios' ar laigse 's dimeas ;
 'S innis dha gach ni an urnuigh.

Am bheil sinn lag 'us luchdaicht trom,
 'Us crom le uallach curam—
 'M Fear-saoraidh priseil fath'st or dion—
 Thoir sin gu Criosa 'n urnuigh.
 Do chairdean 'm bheil, le tair, dha d' threigsinn ;
 Thoir sin gu Chriosda 'n urnuigh,
 'S dionaidh E thu no ghairdean treun,
 'S tha comhfhurtachd sheimh na churam.

IARRTUS A BHI FAGUISG AIR DIA.

FONN—" Nearer my God to Thee," etc.

Nis dluith dhuit fein, mo Dhia ;
 Nis dluith dhuit fein ;
 Ge d' be crann ceus a bhiodh
 Dha m' thogail leats' ;
 Fathast bi m' oran dian,
 Nis dluith dhuit fein, mo Dhia ;
 Nis dluith dhuit fein, mo Dhia ;
 Nis dluith, mo Dhia.

Ge d' mar fear air seach'ran—
 Ghrian air dol sios—
 Dorchadas thairis orm,
 'S clach gu fois dhomhs' ;

'N am bhruadar dh-iarruinn dian,
 Bhi dluth dhuit fein, mo Dhia, etc.,
 Bhi dluth, mo Dhia.

An sin nochdadhbh an t-sleagh',
 Ceuinan gu neamh ;
 Gach ni bheir dhomhs' mo righ
 No throcáir sheamh ;
 Ainglean dha m' smeideadh dian
 Nis dluith dhuit fein, mo Dhia, etc.,
 Nis dluith, mo Dhia.

'N sin le m' smuain 'n uair dhuisg mi,
 Le moladh dhuits,
 Mach as mo bhroin 's ro chruaidh
 Thog'nn Betel suas,—
 Mar sin le m' bhroin gu bhi
 Nis dluith dhuit fein, no Righ, etc.,
 Nis dluith, mo Righ.

'S an uair air sgeith aoibhneach,
 Sgoltadh 'n ath'r suas,
 Grian, gealach, 's reult 'n dichuimhn,
 Air sgeith dol suas—
 Fath'st se m' uil' oran dian,
 Nis dluith dhuit fein, mo Dhia, etc.,
 Nis dluith, mo Dhia.

'S E DIA M'FHEAR TREOIR.

From the Hymn, "He leadeth me."

S E Dia m' Fhear treoir—O ! 's beannacht 'n smuain,
 Luchdaicht le comhfhurtacht neamhuidh ;
 Cia be mi mi no aite 'm bi mi
 Bidh lamh mo Dhe dha m' threoireachadh trid.

Fonn—Dha leanntuin dluth bi mo mhiann a bhi,
 'S E le laimh fein dha m' threoireachadh trid.

A thighearn ghabhainns' greim dhe d' laimh,
 'S gu bradh cha deanuinn gearuinn caoidh ;
 Riaricht' cia be crannchur chi mi,
 'S do lamh fein dha m' threoireachadh trid.

Air uair an dorchadas domhuin shios ;
 Air uair an aoibhneis Edein shuas ;
 Ri stoirin air cuan, no 'r uisgean min,
 Bidh lamh mo Dhe dha m' threoireachadh trid.

'N nair bhios m' obair deant air ' talamh,
 'S, trid do ghrais, a bhuaidh air (a) cosnad,
 Bho thonn fhuar a bhais cha teich mi,
 Oir bidh do lamh s' dha m' threoireachadh trid.
 Amen agus amen.

